

(145) An *Jellicoe*

An *Jellicoe*? Fuirich ach an innis mi dut, ma-thà. Bha cogadh air, an Daradh Cogadh, agus, h-uile brogach bha anns an Nèibhidh, dh'fhimireadh iad dhol aig Invergordon agus chuireadh e¹ iad fhìn an-àirde. Bha brogach an ath-dhoras domh, brogach beag òg, an aon aois ri Doilidh, agus fhuair eise *call* a dhol, is chaidh e, an leanabh bochd. Bha e mach ann an Sasainn: bha iad airson mìos, bha iad cur na brogaich tro drile, a bheil thu faicinn?

Bha mi leis an t-iasd an Inbhir Pheofharain, is thuirt an *station-master* rium,

‘A bheil càirdean idir agad air an *Jellicoe*?’

‘Ò, chan eil fhios agamsa,’ arsa mise – cha robh fhios agamsa cò an tràean a bha sa *Jellicoe*².

Ach – fuirich thusa! – bha fhios aig a’ bhrogachan bochd bha an ath-dhoras gur e mise a bha ann agus, dar bha an *Jellicoe* tighinn a-steach, am fear a bha dràibhigeadh, thilg e an *cable*, thilg e steach anns an raon e – nis, dh'fhimireadh càr dhol null timcheall.

Thàinig an *station-master* thugam. Thuirt e,

‘*Mrs MacAngus, there somebody calling you.*’

Ò, chaidh mi bhàn mìle, fagais air mìle bhàn is thuirt an leanabh bochd,

‘Innis do mo mhàthair gun fhaca thu mi is gum bi mi cur mo ghaol gu mo mhàthair bochd.’

Is an ath-rud a fhuair sinn gun deach e fodha.

(146) Nolda

Aon do na làthachan bha mi fhìn is an nàbaidh agam, dh'fhalbh sinn ag iarraidh stoban gu taoibh a’ mhuir agus bha cù agamsa, cù mòr agus, dar bha sinn tighinn dachaigh, bha craobh an sin agus bha an cù tarraig an t-aodach agam an-àirde gus a’ chraobh. Is thuirt mi ris a’ bhoireannach eile,

‘Thighearna, fimireas rudeigin bhith aig a’ chraobh sin. Tha an cù toirt an t-aodach dìom.’

¹ i.e. an t-ùghdarris. ² i.e. cò an tràean a bhuineadh dhan t-soithich.

‘Uill, cumaidh mise am *bike* agad. Siubhail an-àirde ach am faic thu cò tha ann!’

Ò, thàinig mise air ais.

‘Ò, m’ eudail, tha boireannach *foreigner* agus tha i leughadh litir.’ – Fhuair i fios gun d’ robh leanabh beag bàthte – ’s e caileag bheag a bha anns an sgoil – gun do mharbh na *Germans* i. ‘Agus tha i còineadh,’ thuirt mi.

Ò, chaidh mi [air ais].

‘Nis,’ thuirt mi rithe, ‘tig dachaigh còmhla riumsa!’ Rinn mi cupa teatha di. Thuirt mi rithe,

‘Càite a bheil thu na laighe?’

Thuirt i,

‘Shuas sin.’ – Bha fhios aice.

Agus dh’iarr mi oirre an e anns a’ bhailean sa¹. Chuir i car a’ cheann:

‘Fada, fada suas².’ – Cha robh dùrd Beurla aice.

Dh’fhalbh i. Bha rùm aice ann am Baile an Todhair is chuir mi an-àirde gus a’ chùlaibh i agus chuir mi air an rathad gu Baile an Todhair i.

Nis, bha mi gu tinn leis am *flu* agus thàinig mo nighean agus an duine aice a-mach airson an *weekend* bhail gun d’ robh mi gu tinn. Agus, gun canadh tu, timcheall trì uairean no ceithir thàinig, gnog gus an doras, is chaidh mo nighean gus an doras.

Thuirt i³,

‘Chan e, chan e, chan e! Chan e an aon boireannach, chan e!’ – Is bha mi ag innseadh do Doilidh mu dheidhinn i, agus thuirt i⁴, ‘Fimireas tu èirigh à do leabaidh thighinn a-bhàn.’

Rinn i gloc dar chunnaic i mi. Ach bha aiteal Beurla aig an duine. Thuirt e,

‘Thàinig mi airson taing, taing [thoirt] dut, seachad na taingean,’ arsa eise, ‘gun tug thu a’ bhean gus an taigh còmhla riut.’

‘S e an tè bheag aig an t-searbhanta [aice], mharbh na

¹ anns a’ bhaile bheag sa. ² don àird an ear.

³ i. a’ bhana-choigreach. ⁴ i. Dolly.

Germans i tighinn às an sgoil, is am pocan air a cùlaibh, is chuir a màthair fios gu Nolda agus, dar fhuair i an litir air an rathad, chaidh i lodh gun d' rachadh i ag iarraidh an t-àite di fhèin, a bheil thu tuigeil? 'S ann aig Dia tha fhios càite an d' robh i agus ciamar thigeadh i dachaigh.

Nis, dar choimhead mise oirre cha robh bòt air a cas.

'Thì! Thighearna,' thuirt mi ri Doilidh, 'chan eil bòt air a cas.'

'Ò uill, chan fhaigh i bòtachan gun cùpon.'

Agus thuirt mi rithe,

'A bheil cùponan agad?'

'Chan eil.'

Cha robh fhios aice dè bha ann an cùpon – 's e anns an t-àite againn bha e. Agus thuirt George rithe,

'Tha naoi cùponan agamsa fhuair mi airson *dungarees*. An gabh thu sin?

'Gabhaidh,' arsa mise, 'is thèid mi gu Mr Cormack an Inbhir Pheofharain.'

Chaidh mi gus a' bhùth. Cò bha ann ach a nighean.

Thuirt mi,

'Cuine a chì mi t' athair?'

'Uill, ma thig thu air ais aig eadar uair is dà uair, gheobh thu e, bhail tha e dèanamh an-àirde na leabhraichean.'

Chaidh mi air ais is thuirt mi,

'Mr Cormack, ma tha Dia umad, tha *foreigner* agamsa is chan eil bòt air a cas. Feuch am faigh thu paidhir bòtan.'

'Gu dè an *number* aice?'

'Chan eil fhios agamsa. Chan eil fhios.' Ach 's e cas leathan a bha oirre, cas ploideach, leathan.

Chaidh e an-àirde is fhuair e am paidhir bòtan sa. Thuirt e,

'Is fhèarr domh thoirt *number* sia dut agus bheir mi sia beag dut.'

'All right! Nì sin an gnothaich, is mur dèan iad i, an toir thu air ais paidhir eile domh?'

'Bheir, ach tha iad nota, Mrs MacAngus.'

'Chan eil diofar. Shin an nota dut.'

Phàigh mi iad. Dar thàinig mise dachaigh, rinn i leum aig an oidhche, dar chunnaic i na brògan. *Fitigeadh iad A-one i.*

Nis, chaith i dhachaigh [an deaghaidh a' chogadh]: bha i giùlan is chaith i dachaigh. Bha brogach aice, Paul – rugadh e an deaghaidh i dhol dachaigh. Dh'íarr i air Doilidh is an duine dhol a Norway, is chaith iad. Ò, dè an èilteachadh fhuair iad!

(147) A' *chantie*

Cheannaich iad am piàno eadar-riutha, na daoinibh [sa champ], agus bha iad dol a thoirt am piàno do mo mhàthair an a phrèasant airson dol an-àirde leis an t-iag. Agus thuirt mo mhàthair ris an tè,

‘Tha mise dol a dh’fhaighinn am piàno ann an J-Block!’

Agus dè rinn mo nàbaidh airson diabhlairreachd ach chaith i an-àirde is thuirt i ri mo mhàthair,

‘A bheil fhios agad dè tha iad dol a thoirt dut ach seann *chantie*. Ò, Thighearna, na bi dèanamh òinnseach diot fhèin! Chan eil no piàno! A bheil fhios agad dè tha iad dol a thoirt dut ach *chantie* mòr.’

‘Uill,’ arsa mo mhàthair, ‘mas e *chantie* tha mise dol a dh’fhaighinn, cha toir mise an *chantie* às am *block aca*!’

Siud a dh’fhalbh i air ais is thuirt i ris an duine-uasal,

‘*I’m no wanting the piano. I have plenty pianos at home.*’

Ò, thàinig mise gu mo mhàthair air ais.

‘M’ anam fhìn, chan eil fhios agam dè nì mi leat! Nam biodh tu ceart, dh’innseadh tu domhse an tòs gun d’ robh thu dol a dh’fhaighinn e agus bhiodh an gliocas agamsa gun gabhadh tusa e.’ – Thug iad gu Saltburn e! – ‘Agus an diabhal boireannach, gun tuirt i gur e *chantie* fon leabaidh tha e dol thoirt dut airson diabhlairreachd!’

(148) A' còcaireachd anns an Drome

Bha mi còcaireachd; bha mi anns an Drome cho fada is bha a' chogadh ann. Bha mi dà bhliadhna gu leth san Drome, *cookigeadh* anns an Drome. Bha mi *cookigeadh* airson dà bhliadhna gu leth



Isbeil Anna air taobh a-muigh an taighe aice, 'Nairnview',
ann am Baile a' Chnuic sna 1950an.



Isbeil Anna air taobh a-muigh 'Nairnview' an ath-dheichead.

agus, dar chaith mi ann, thuirt mo nighean rium,

‘Càite a bheil thu dol ach gum bi thu marbh? Tha iad cantainn gu bheil *razor-slashers* ann agus gheobh thu aon san aghaidh leis am boineid agus bios tu marbh agus cha bhi mise ceart nam inntinn!'

Bhiodh i tighinn h-uile *Wednesday*:

‘Am bu chaomh leat bhith ann?’

‘Ò, chan iarrainn thighinn às.’

‘Ò, tha thu morta le obair.’

‘Chan eil, no morta!’

Agus bha mi ann airson dà bhliadhna gu leth gus an deireadh agus bha fichead a seachd daoinibh agam. Bha agam ri èirigh sa mhadainn aig sia uairean sa mhadainn às an taigh againn. Bha agam ri siubhal gus an Drome. Bhithinn a-steach anns an campa aig cairteal an deaghaidh seachd.

Ach innsidh mi seo dut, ’s e an t-àite as fheàrr a bha mi riamh na mo bheatha. Ag innseadh dut an fhìrinn, ’s ann a bha bròn orm dar bha mi dol a dh’fhàgail e, bhail bha an t-airgead gu math. Gheobhainn aiteal bheag gàire a ruigeadh mo chridhe.

*

Thug e pana mòr domh airson bhith dèanamh *dumplings* agus thug iad sguitear airson bhith togail bùrn is thug e leth-phoca buntàta is bogsa biosgaidean domh. Is chaith e – [Bensey, an ceannard] – nis, dar bha an campa deis, chaith e bhànn gu Bonar is chuir e fios orm thighinn a-bhànn a *chookigeadh* sin da, ach cha deach mi. Bha *hotel* aige.

Thàinig Bensey [on camp] airson mi. An tè bha ann, bha i dèanamh *soup* – a bheil thu tuigeil? – agus cha robh i dèanamh fòghnaidh. Chuireadh i *excuse* do rudeigin air agus faodas tu bhith cinnteach nach d’ robh Bensey ag iarraidh sin a bhiodh gu ro-extravagant – nan lìonadh iad an corp le lite agus *soup*, sin uile bha eise ag iarraidh.

Agus air Là na Sàbaid thàinig an duine às an Drome, an deaghaidh mi thighinn às an eaglais, is thuirt e rium,

‘Dè tha thu dèanamh?’

‘Chan eil mi dèanamh nichein. Chan eil nichein ri fhaighinn.’

Cha robh iasg sin dol, a bheil thu faicinn? Bha na daoinibh aig an cogadh.

‘Chan eil mi dèanamh nichein.’

‘Uill,’ arsa eise, ‘tha brod *job* agamsa dut.’

‘Tha mi creideil gu bheil.’

‘Tha fhios agam gur e càcaire math tha ionnad. Tha fhios agam gun gabh thu rud sam bith chanas iad riut, nach tèid thu ro fhada air. Agus ma ghabhas tu e, tig an-àirde a-màraich!’

Is chaidh mi an-àirde. Cha deach mi gus a’ *chookigeadh* idir: ghlan mi làn a saoghal a soithichean. Dar chaidh mi an-àirde, bha iad anns an *sink* feitheamh rium – ach ’s e a’ chiad uair is an uair mu dheireadh – ach cha robh mi dèanadaich an uair sin anns an Drome. Thàinig Bensey is thuirt e,

‘I got a lovely character on you. Will you come up in the morning?’

Is chaidh mi. Bha seachad ceithir notachan san t-seachdain agam agus mo bhiadh agus, dar bhiodh na làraighean falaimh aig ceithir uairean, thigeadh e steach,

‘Get on your coat!’

Chuireadh e bhàn mi gus an taigh; bha e glè mhath mar sin. Dh’fhimirinn bhith ann aig cairteal an deaghaidh seachd sa mhadainn. Bha mi siubhal, mi fhìn is a’ chaileag sa – bha *table-girl* agam.

Dh’fhimirinn-sa am biadh dhèanamh do na daoinibh. Thighearna, bha uinneag agam – bha e mar aon do na h-uinneag-an – ach chithinn aig cairteal an deaghaidh dà-reug: bha iad mar *regiment* tighinn an-àirde. Bha *hutachan* aca uile. Thigeadh iad steach aig leth-uair an deaghaidh dà-reug, ciudha diubh tighinn steach mar sin. Nis, dar dh’itheadh iad an diathad, rachadh e air falbh. Bha na spàinean is bha na sgianan is h-uile nì aig na *table-girls* – bha *table-girls* cur a-bhàn an diathad daibh. Agus nis, rachadh iad a-mach, chan fhimireadh iad fuireachd aig na

bòrdachan, na shuidhe aig a' bhòrd. Dh'fhimireadh iad dhol a-mach dar dh'ith iad an diathad. Rachadh iad a-mach, cuid diubh bhiodh cluich¹ leis na putanan agus cuid dhiubh le airgead, a-muigh, taoibh a-muigh 'an t-àite.

(149) A' ghlainne aig an lampa

Cha robh glainneachan ri fhaighinn dar bha mise anns an Drome – bha a' chogadh air is chan fhaigheadh tu nì leis a' chogadh. Bhris mo mhàthair – 's e lampa a bha againn – agus bhris i glainne. Chuir mi a' chaileag bha còmhla rium dèanadaich, thuirt mi,

‘Siubhail ach am faigh thu glainne no dhà bhios aig do mhàthair agus agam fhìn!’

Is dh'fhalbh i is fhuair i ceithir, dhà di fhèin is dhà dhomhse.

Is thuirt mi ris [a' cheannard an deaghaidh sin] gun do bhris mo mhàthair a' ghlainne.

‘Och,’ ars eise, ‘gheobh thu aon à seo.’

‘A bheil dhà ann?’

Chá robh *one* aige. Bha e² againn ach cha robh fhiros aige.

(150) A' dèanamh stiudha anns an Drome

[Bhiodh fear de na paidhleatan a' faighinn rudeigin a dh'itheadh e bho Isbeil Anna a thuilleadh air na bha e a' faighinn bhon chòcaire a bha a' gabhail cùram don roinn aige fhèin.]

Dar bha mi anns an Drome, na daoinibh bha agam, bha *pilotan* ann agus bha feedhainn bha dèanadaich air an talamh. Agus aon chuairt bha sinn gun feòil airson dèanamh diathad do na daoinibh is thuirt mi ri aon diubh,

‘Siubhail a-bhàn gus an taigh agamsa. Chì thu caob *bolt* mòr, bheir thu an-àirde am *bolt*. Thèid sibh le lion air uachdar an Gunnars agus gheobh sinn na rabaidean. Glanaidh mise iad is stiudhaigidh mi iad.’

Agus bha am fear sa – à Sasainn a bha e – agus dar a bha e à Sasainn, thigeadh e ag iarraidh criomag an-còmhnaidh agam do

¹ i.e. cluich chairtean. ² Leugh *iad*.

rudeigin¹ bhiodh còrr ann. B' àbhaist domh thoirt da e. Agus dar bhiodh e dol 'an adhar ann an *aeroplane*, chanadh e,

‘Mam Riley, cùm aiteal don stiudha agad domh dar thig mi bhàin!’

Chanainn-sa ris,

‘Gheobh mise an sac is gheobh thu fhèin an sac, an diabhal a tha ionnad. Nach fhaigh thu bhon tè agad fhèin?’

Charadh e cheann: nach fhaigh!

(151) *I'm Baile a' Chàil too!*

Dar bha mi anns an Drome *cookadh*, bha mi airson dà bhliadhna gu leth ann. Agus corr uair bha am biadh, chan fhaigheadh sinn fòghnaidh airson dèanamh. Agus b' àbhaist domh dhol leis an t-iasg dh'Inbhir Pheofharain, agus tha mi creideil gum b' aithne don duine sa mi, bhail 's e an t-ainm agam ceart a chanadh e. Agus criomag feòil no uigh rachadh gu aoneigin, dh'iarrainn air an tè bha toirt aig a' bhòrd,

‘Feuch an toir thu sin do “Baile a' Chàil”?’ Agus sin an t-ainm aig Inbhir Pheofharain – Baile a' Chàil.

Fuirich nis! Bha fear bha fagais oirre agus 's e Sasannach a bha ann agus bha e faicinn an duine sa faighinn criomag dar bhiodh còrr do diathad no nì agus, là-eigin, thàinig e mach agus thuirt e rium,

'I'm Baile a' Chàil too. Give me a bittie!'

¹ de rudeigin.

NOTAICHEAN AIR NA NAIDHEACHDAN

(1–18) Na Bana-mharaichean

Chaidh luaidh a thoirt air an t-saoghal chruaiddh a bha aig bana-mharaichean a' chosta an ear cho fada air ais ris an t-Sean Chunntas Staitistigeil, far a bheil iomradh air baoit a bhith gatational airson nan lìonachan mòra, air obair a' bhaoitidh fhèin agus air an astar a bhathas a' dèanamh, dh'fhaodte iomadach mile, gus an t-iasg ùr no saillte a reic (coim. Steven 1995, 87, 89). Thathas ag innseadh anns an dearbh àite mar a bhiodh boireannaich a' giùlan nam fear aca air am muin a-mach gus na sgothan a chum is nach fhàsadhan cui aodaich fliuch, is e an dàn dhaibh tacan rudeigin fada a chur seachad air a' mhuir. Ged nach eil luaidh air an nòs sin anns na teagsaichean seo, 's ann mar sin a bha cùisean ann am bailtean-mara Mhachair Rois cuideachd. Tha am priomh neach-aithris agam ga dhearbhadh mar a leanas: 'Chuir mi an *uncle* agam, tha mi creideil, fichead uair air mo mhuin steach anns an sgoth ... bhail cha b' urrainn da fhaighinn anns an sgoth [dh'easbhaidh *pier*]. Bhiodh iad fliuch is cha b' urrainn daibh dhol gus a' mhuir fliuch' (coim. Macdonald agus Gordon 1971, 17).

Tha e air a chlàradh gur e MacCoinnich fhèin a chuir stad mu dheireadh air an nòs a bha ann an Leòdhas na boireannaich a bhith a' giùlan nam fear aca thairis air na fadhlaichean. 'S ann a' coiseachd gus am baile a bhiodh iad agus gun iad airson gun rachadh an aodach a fliuchadh air an t-slìge (D. Macdonald [gun bhliadhna], 102). Tha cunntas air obair nam bana-mharaichean ann an coimhairsnachd air taobh thall na linne ann an Cataibh an Ear ri fhaighinn ann an Dorian 1985, 34.

(2) Ag obair aig an taigh

Ann an coimhairsnachdan iasgaich eile air a' chosta an ear, tha

Steven (1995, 89) ag ràdh gur e 'mnathan agus ighnean aig iasgairean a tha anns na bana-mharaichean, a bhios a' pòsadh mar as trice am measg na dual-fhine no na treubha aca fhèin, seach gur e a' chuid a bu mhotha den ghnothach anns an deachaidh an togail a bhith a' tional baoite airson nam fear aca air neo a bhith a' baoiteadh nan lìonachan aca.'

(4) 'A' smocadh iasg le seann bòtan'

Tha Dorian (1985, 35–36) ag innseadh mun obair a bha a' buntainn ri smocadh an èisg ann an Eurabal, agus mar a bhite a' cleachdadh dhurcan (d. 10).

(6) An adag gun spot

Airson a' chreideis gu bheil meur-lorg an Naoimh Peadar ri faicinn anns an adaig, dèan coimeas ris na tha anns a' Bheurla Ghallda: 'Peter's thoom, Peter's mark, one of the black marks behind the gills of a haddock' (Chambers 1997, *s.v. Peter*). Tha Swire (1966, 130) a' toirt luaidh air an iasg mar annsachd an Naoimh, a chionn is gur ann a fhuair e lorg air an airgead-càine agus gur ann air cliathaichean an èisg a dh'fhàg e a mheur-lorgan. An cois sin, tha i ag aithris rann traidsanta: 'A black spot on the haddie, a long snout on the whiting'. Tha beul-aithris bhon Eilean Sgitheanach air a chlàradh aig Mackenzie (1995, 84) a tha ag innseadh gur iad na sràcan dubha air cliathaichean na h-adaig is a' charbhanaich, na comharraidhean a dh'fhàg meòirean Chriosd air dha feum a dhèanamh de na h-èisg sin gus am mòr-shluagh a bhiathadh.

(14) An obair

Tha NicNèill (1992, 38–43) a' toirt sàr chunntas bho cleachdadh fhèin air cutadh an sgadain, agus bheir i iomradh (dd. 50–63) air an aon seòrsa obrach ann am bailtean-puirt eile, agus Lowestoft san àireamh. Gheibhear cunntasan mun aon obair ann an Yarmouth ann an *Tochar* 19 (1975) bho thè à Siorramachd Bhearaig (dd. 112–13) agus bho bhana-Bharrach (dd. 114–17).

A thaobh Eurabail air taobh thall Chaolais Dhòrnaich bho Mhachair Rois, tha Dorian (1985, 56, 66) ag ràdh gum biodh seusan an iasgaich a' tòiseachadh tràth sa Chèitean agus tha iomradh aice air àirleas a bhith ga phàigheadh ris na caileagan. Ann an earrannan eile den aon tobar, tha cunntasan rim faighinn bho bhoireannaich às an aon bhaile mu obair cutaidh is pacaidh an sgadain ann an àiteachan-iasgaich ann an Lowestoft agus ann am bailtean eile (dd. 66–68).

(18) A' bhean eireachdail

Mar a tha Anson (1950, 47) a' toirt fa-near, 'mun bhliadhna 1921 ... thòisich "ionnsaigh spioradail" eile am measg nan coimhearsnachdan iasgaich – an turas seo ri linn seusan an sgadain ann an East Anglia.' Tha Dorian (1985, 70) mar an ceudna, is i a-mach air cleachdadhbh nan daoine fhad is a bha iad air falbh aig an iasgach, a' toirt luaidh air obair nam misceanan seo agus dèanadachd nam ministearan ann am bailtean air cuairt an iasgaich.

(19) 'Bata da fhèin'

Faic Seanfhacal 23 agus Watson 2001, 348. Tha Campbell (1975, 75) a' toirt an aire don eagal a bha ann, a thaobh cloinne, nan èighean an ainm fhèin orra air an oidhche, gum faigheadh an Diabhal cumhachd thairis orra, agus tha e ag ràdh an cois sin nach b' àbhaist don fheadhainn as sine freagairt a thoirt air gairm de a leithid mur tigeadh i trì tursan, dìreach mar a tha a' tachairt anns an sgeulachd seo, air eagal is gur e spiorad a bha a' glaoadh-aich.

(26) Ag iarraidh maorach

Tha naidheachd aig Miller (1869, 137–38) bho Sgìre an Uig a tha a' leigeil fhaicinn gur e obair chaileagan a bha seo. B' e feusgain is lugaichean a bhiodh na boireannaich a' tional mar bu trice seach seòrsaichean eile de bhaoit gus an cleachdadhbh air na lionachan (coim. Macdonald agus Gordon 1971, 14–15),

agus gheibhear cunntas bho Eyemouth (coim. *Tochar* 20 (1975), 148–49) mu bhaoiteadh an lìn bhig. Tha Dorian (1985, 9) a' toirt luaidh air baoiteadh lìonachan le feusgain is coilleagan ann an Eurabal.

(27) An coidse is paidhir

Tha Dorian (1985, 23) a' sgrìobhadh mu chladhach nan lugairchean dhen rèanadh iasgairean Eurabail feum mar bhaoit. Gheibhear fiosrachadh mu iasgach pollaich anns an aon tobar (d. 29).

(36) An *gamekeeper*

Tha Dorian (1985, 52) a' toirt luaidh air feedhainn a bhith a' tional bhioran mar chonnadh ann an Cataibh an Ear.

(37) Am buntàta

Bha an aon seòrsa feamainn, ris an cante *sràilleach* anns an dà àite, ga cleachdadhbh mar thodhar le luchd-àiteachaidh Eurabail air an aon dòigh (Dorian 1985, 53). 'S e am buachar (*mathach-adh*) a b' fheàrr leotha airson barran eile, mar a b' àbhaist ann am Machair Rois cuideachd.

(38) An cruidh

Feumaidh mi taing a thoirt don Ollamh Bo Almqvist airson nota a thug e dhomh mun naidheachd seo: 'Tha aois mhòr aig abhcaidean a bhios an crochadh air dealachadh each agus làir bho chèile. Tha atharrachadh air an aon chuspair ri fhaighinn san t-Seann Innis-Tìlis anns an *Orkneyinga saga*, caib. 81 (eadar-theangachadh Phenguin, d. 149)'. 'S e an aon bhunsmuain a tha ri faighinn ann an sgeulachd a tha air a clàradh agam bho Mháire Rua Nic an Luain (a' Bh. Uí Mhaí) às na Cruacha, Siòrramachd Dhùn nan Gall. Ann an sgeulachd a tha seo, 's ann a bhulicheas Ó Domhnaill fearann Leitir Mhic a' Bhàird air a sgalaig mar dhuais air a' chomas geur-labhairt aige.

Dh'innis fear-aithris Naidheachd 38 fhèin dhomh, a thaobh Dhonnchaidh (Duncan), gum b' àbhaist 'amadan' de a leithid a bhith ga chumail ann a h-uile oighreachd anns na seann làithean. Tha e coltach gu bheil Mackenzie (1995, 89–90) a' toirt seachad eisimpleir dheth seo anns an Eilean Sgitheanach, is e a' dèanamh luaidh air 'MacFhionghain a' Choire, gur ann fo a dhòn-san a b' àbhaist do [Ghilleanasbaig Aotrom] a bhith a' falbhanachd gu slàn' – a thaobh an amadain ainmeil a tha seo, faic cuideachd Black 2005, 428.

(41) Fead Lachaidh

Coim. Maistre Pathellin, AT1585, An neach-dèiligidh a bha às a chèill aig fear-lagha. Tha mi taingeil don Ollamh Almqvist a thug brath dhomh air an tarraing seo cuideachd. Tha e coltach gur e atharrachadh air Naidheachd 39 a tha seo. Tha an dà chuid gnàthasan cliùiteach agus geur aig feadhainn a tha air chuthach san Eilean Sgitheanach air aithris le Mackenzie (1995, 89–90).

(48) A' bruich faochagan

Tha Dorian (1985, 50) a' toirt luaidh air sluagh Eurabail a bhith a' tional fhaochag. Tuigear an cudrom a bha anns a' mhaorach air uairean gus muinntir Mhachair Rois a bheathachadh bho Steven (1995, 24), a tha ag aithris mar a dh'innseadh anns an t-Sean Chunntas Staitistigeil gun do shàbhail coilleagan sluagh Bhaile Dhubhthaich bhon bhàs ann an 1783, bliadhna bochdainn nuair a bha an t-aran anabarrach gann. A thaobh luchd-obrach an rathaid-iarainn, tha NicNèill (1992. 80) a' leigeil fhaicinn cho moiteil is a bha an fheadhainn seo anns na linntean a chaidh seachad an dà chuid anns an dreuchd agus anns an èideadh sho-aithneachadh aca.

(52) '*No see piggy*'

Dh'fhoillsicheadh naidheachd ann an Ó Canainn, Ó Cuinn agus Watson (1990, 92–93) mu ghloidhc dhen t-seòrsa seo a chaill cuid de bheathaichean, is e air an rathad gus an fhèill.

(53) ‘Rinn thu murt?’

Aig an àm seo, b’ àbhaist do theaghlaichean anns na bailtean seo cuilean muice a cheannach aig an fhèill anns a’ Mhanachainn air neo ann am Baile Dhubbhthaich. Rachte na mucan a reamhrachadh is an uair sin a reic na b’ anmoiche sa bhliadhna airson airgid ullaimh (coim. Macdonald agus Gordon 1971, 82, agus Naidheachd 128).

(61) A’ bhùth aig Mr Denoon

Bhathas a’ creidsinn gun robh e na ghnàths aig marsantan is ceannlichean de leithid ri linn amannan guanach anns am faodte an gnothach aca a bhriseadh an cuid airgid a chleith ann an àiteachan falaich air feadh na dùthcha. Thèid a thuigsinn bhon eisimpleir a tha aig Mackenzie (1995, 85) mu dheidhinn ceann-aiche-siubhail Sgitheanaich, gun do dhìochuimhnicheadh corra neach dhiubh an dèidh làimhe caithe an do chuir iad an t-airgead aca am falach.

(65) Ministear gun ghràs

’S e comharradh a tha seo air deireadh an t-saoghal a b’ àbhaist a bhith ga chur às leth Choinnich Odhair, faidh Bhrathainn (coim. Miller 1869, 164).

(67) An Grecian Band

Tha e coltach gur e gnàthas a chaidh a stèidheachadh bho chionn tùine gu math fada a bha ann gum biodh ministearan a’ coireachadh bhoireannach na sgìre mu dheidhinn aodaich a bha iad a’ meas neo-iomchaidh, a chionn is gu bheil MacInnes (1951) a’ toirt luaidh air mar a thachradh san 18mh linn.

(68) An *catechising*

A’ toirt cunntas air cleachdaidhean na h-eaglais anns an 18mh agus aig toiseach na 19mh, tha Kennedy (1861, 115) a’ bruidhinn air an nòs seo mar a leanas:

Dimàirt is Diciadain, feadh a’ gheamhraidih agus an

earraich, bidh am ministear ‘a’ cumail riaghailtean ceasnachaidh’. Thèid an sluagh a tha a’ fuireach ann an ceàrnaidh àraid a thional anns an aon àite – an eaglais, an sgoil air neo ann an sabhal – agus an dèidh dhaibh adhradh a dhèanamh, ùrnaigh a ghabhail agus èisteachd ri tè de na ceistean à Leabhar Aithghearr nan Ceist ga mìneachadh, thèid gach duine à ceàrnaidh an latha a sgrùdadhbh gu mionaideach is gu domhainn. Bidh càch a’ frithealadh agus thèid iad uile a cheasnachadh. Air an dòigh sin, ruigidh an fhìrinn air cogais gach neach fa leth, gum bi meudachd an eòlais a tha aig gach duine san èisteachd, maille ris mar a tha e a’ faireachdann, air a meas leis a’ mhinistear, gum bi eòlas soilleir air bun-phuingean teagasg an t-Soisgeil air a thoirt seachad, agus gum bi cùisean luachmhor air an cruinneachadh airson obair na cùbaid.

Tha eisimpleir aig Auld (1868, 130) a tha a’ leigeil fhaicinn gu soilleir cho danarra is a dh’fhaodadh a’ chlèir a bhith aig amannan dhe leithid.

(70) Na h-Òrdugheannan an Tairbeart

Tha Kennedy (1861, 88–89) a’ toirt tuairisgeil cuideachd air ‘coinneamh a’ cho-chomainn’ a bha na cuid choileanta de dh’aimsir nan Òrdughean:

B’ e am prìomh amas ... cofhurtachd cho-aontach agus oileanachadh nan creidmheach, a’ toirt sùil àraidh air an fheadhainn a bha fo eagal a thaobh an ùidh ann an Crìosd ... An toiseach, cha robh an làthair ach luchd-comanachaидh; ach, ri ùine, gheibheadh duine sam bith a-steach. ’S e am ministear a bhios an ceann na coinneimh agus, an dèidh ùrnaigh, adhradh agus earrann den sgriobtar a leughadh, cuiridh e iarraigdh air neach a tha fo iomagain a bhith cur ceiste air beulaibh na coinneimh. Leis an sin, gheibh e freagairt bho

dhuine air choreigin a bhios ag èirigh, a bheir luaidh air earrainn den sgriobtar a tha a' toirt cunntas air feart àraidh ann an nàdar a' Chrìosdaidh, gum miann leis fhèin comharr a fhaighinn air an fheadhainn air a bheil an earrann a-mach agus air a' chaochladh dhòighean air am bi iad edar-dhealaichte ris an fheadhainn a tha nan Crìosdaidhean ann an ainm a-mhàin. Fosglaidh am ministear an uair sin buaidh na h-earrainn a-mach agus bheir e mìneachadh pongail seachad air a' cheist a chaidh a stèidheachadh oirre. An uair sin, bidh e a' cur iarraidh, fear mu seach le an ainm, air a' chuid, a rèir aithris, aig a bheil a chràbhachd, a dh'eòlas agus a ghibhtean a bhith 'ri labhairt air a' cheist'. Bidh fear mu seach ag èirigh, mar a thèid a ghairm, agus cuiridh e an cèill gu h-aith-ghearr a chuid bheachdan fhèin air a' cheist agus, gun a bhith a' feuchail aon chuid ri bhith a' soilleireachadh an Sgriobtair, no toirt earalachadh seachad, no dol cho fada ri eòlas fhèin a thaisbeanadh, innsidh e bho chridhe dè tha e air faireachdainn, dè tha a' cur feagal air, agus dè tha toirt tlachd dha fo chumhachd na firinn. An dèidh sin, bheir am ministear seachad geàrr-chunntas air na h-uile a chaidh a ràdh, ga cheartachadh, ga dhearbhadh agus ga mheudachadh a rèir mar as fheudar, agus cuiridh e an t-iomlan am feabhas ann an dòigh a tha feumail. An uair sin, is àbhaist gun tèid iarraidh air an fhear a rinn a' cheist ùrnaigh a dhèanamh, agus cuirear crìoch air a' choinneimh le adhradh agus beannachadh. 'S ann mar sin a bhitheadh coinneamh a' cho-chomainn ann an deagh làithean nan athraichean ann an Siorramachd Rois.

Tha an cunntas aig Auld (1868, 164) a' leigeil fhaicinn cho duilich is a bhitheadh e uaireannan ceist a lorg, agus tha Kennedy (1861, 88–89) a' bruidhinn air a' chuideachadh math a gheibhte ann an seirbheisean a' cho-chomainn bho èildearan deas-bhriathrach, leithid bràthair màthar Isbeil Anna, a bhiodh a' tadhail à ceàrnaidhean eile:

Dihaoine, latha an fhèin-cheasnachaidh, 's ann air a' bhlàr-a-muigh a bhios an aon seirbheis phoblach air a cur air dòigh. Thèid sluagh mòr a thional. Tha caochladh mhinistearan diadhaidh am broinn na teanta. 'S e coltas coinneamh a' cho-chomainn a tha air an t-seirbheis ... ach le cudrom air na dleasdanasan sòlaimte a bhuineas ri Sàbaid a' chomanachaidh. Thèid dà cheist a chur, tè mu seach, gus cùisean a chaochladh. Chan iarrar ach air na coigrich bruidhinn agus chan fhaigh ach brod nam fear a tha sin a chead, seach gu bheil na h-uimhir dhiubh ann.

Tha Miller (1999 [1835], 142) a' toirt mìneachadh air sin: 'Nuair a bhios gu leòr de sgil a dhith am measg èildearan na sgìre, canar "èildearan balbha" riutha agus, air là nam fear [an là san labhair na h-èildearan ris an t-sluagh], thèid urracha nas tàlantaiche às na sgìrean crìche nan àite.'

(77) An dà chraobh

A thaobh na bun-smuaine gum fasadh craobhan às na h-uaighean aig dithis leannan a bha air an tiodhlacadh ri taobh a chèile, faic MacKenzie 1935, 274, far a bheil luaidh air bailead nan Crìochan, 'The Nut-brown Maid', agus air a' bhailead, 'The Douglas Tragedy'. Tha mi taingeil don Ollamh Bo Almqvist airson na tarraing seo.

(78) Leigheas airson foinneachan

A thaobh na buaidhe a bha aig uisce froise gus faighinn cuidheas foinneachan, coimeas MacGregor 1937, 54. Am measg chungaidhean-leigheis eile a bha rim faighinn anns an dualchas, b' àbhaist do dh'fuil muice agus stuthan den t-seòrsa a bhith gan cleachdad, mar a tha cunntas Muileach a' leigeil fhaicinn ann an *Tochar* 45 (1992), 194–95. Mar chungaidh-leigheis air foinneachan, tha MacKenzie (1935: 71–72) a' toirt iomraighe (bho Dhalyell, *Darker Superstitions of Scotland*, d. 84) air 'uisge a tha na ruith gu deas is ungadh de bhlonraig cullaich'.

(79) Uisge airgid

Coim. A. Ross 1976, 77 agus 86. Faodar cunntas mun leigheas seo air sùil-chronachaidh, a chaidh a chur ann an cloinn òig, a leughadh ann am MacLagan 1902, 115. Thathar a' toirt an aire an sin do na feartan a leanas: an lionn fhèin a tha ga ainmeachadh mar *uisge a' chronachaidh* no 'silver water' (d. 202) a b' fheudar a chumail ann am bobhla fiodha (ann an Loch Abar, d. 158); bha e riatanach gun rachadh an t-uisge a tharraing à tobar air an taobh deas den dachaigh agus dh'fhaodte nach cleachadh ach an aon bhonn airgid. Nan greimicheadh am bonn no na buinn ri màs a' bhobhla, cha bhiodh teagamh sam bith mu dheidhinn buidseachd (d. 151–52); ann an ceàrnaidhean àraidh den dùthaich, b' fhèarr le feedhainn suas ri trì buinn a chur gu feum (d. 157). Thathas ag innseadh cuideachd (*Celtic Magazine* III, 351) mu bhorgh Bhaile Dhubhthaich fhèin, mar a chaidh fear a bha a' tadhal anns an àite agus air an tainig tinneas obann a leigheas tro fheum a dhèanamh de bhùrn ann am peile fiodha san robh bonn sia sgillinn, bonn tastain is bonn leth-chrùin. San leigheas seo, bhiodh càch ri coiseachd ann am mòr-shiubhal mun cuairt air a' pheile is ortha dho-thuigsinn ga h-aithris fhad is bhathas a' cur timcheall a' bhùirn le bioran. Às dèidh dhaibh sin uile a dhèanamh bha an t-euslainteach air a nighe anns a' bhùrn cheudna agus bhathas ga 'làimhseachadh air dòigh neònach'. 'S e nì sònraichte eile a bha ann gun deachaidh clach bheag, caran cruinn leithid dèideig, a bha a' bhan-fhiosaire nam measg air a tomadh anns a' pheile, a sgoltadh ann am mìrean le fuaim shiosarnaich. (Tha an co-sgrìobhaiche a' moladh gum faodadh e bhith gur e bloigh de dh'aol neo-chaisgte a bha ann.) Thathas ag innseadh cuideachd gun dèanar ainmhidhean a leigheas air sàilleabh an aon seòrsa gnìomhachd: thathar a' toirt dhaibh deoch bùirn, cuid dheth ga cur anns na cluaisean, cuid eile ga crathadh timcheall air na suilean, nan aghaidh agus air an druim, agus earball a' bheathaich air a tharraing tro làimh a chaidh a fliuchadh anns a' bhùrn cheudna. Ann an ceann a' ghnothaich, thèid na tha anns an t-soitheach a dhòrtadh a-mach agus, nan

tachradh e idir gun greimicheadh fear sam bith de na buinn ri mhàs, bhathas a' làn chreidsinn gur e an t-sùil chronachaiddh a bha fa-near don euslaint.

Chlàraich mi cunntas mun leigheas thraidiseanta seo air a' bhuidseachd cuideachd anns a' Ghàidhlig bho bheul-aithris Shiorramachd Inbhir Nis, Ceap Breatainn ann an 1983 far an robhas a' cleachdadadh trì buinn. 'S e an creideas a bha aca gum b' urrainn dhaibh meas cho dochaireach is a bha a' bhuidseachd a rèir na h-àireamh de bhuinn a ghreimich ris a' bhobhla. Tha barrachd fianaise mun ghnàthas ann an Albainn ri faighinn bho Ross 1976, 77, 86, agus, san ear-thuath, bho Dorian 1985, 91–92, agus bhon rannsachadh a rinn Nicholson (1897, 70) ann an Goillspidh a bheir iomradh air eisimpleir a fhuaireadh ann an Uachdar Niad (*Auchterneed*) ann an Siorramachd Rois agus a chaidh a chlàradh anns an *Folklore Society Journal* VI, 264. Tha Mackenzie (1995, 83) ag aithris gun deachaidh crodh a leigheas air an deachaidh bùrn a chrathadh anns an robh an dà chuid airgead agus òr – fainne pòsta – air am bàthadh. A rèir Mackenzie (1935, 267–68) 's ann a thogte bùrn a dh'aon ghnothach gus seo a dhèanamh à linne, gu seachd sònraichte fo dhrochaid a bha air an rathad chun a' chladha. Dh'fheumte trì balgaman a ghabhail bho liagh fhiodha leis an deachaidh am bùrn a thogail agus an còrr a chrathadh le chèile thar an duine a bha an leigheas bhuaithe agus thar a theallach. Sa chunntas a tha e a' toirt air *burn* (*sic*) *airgid*, tha Cameron (1928, 77) a' leigeil fhaicinn gum faodar an dà chuid buinn òir is copair a chleachadh còmhla ris an airgead agus gum b' fheudar am bùrn dhen do rinneadh feum 'a thogail à sruthan a bhiodh na beò is na mairbh a' dol thairis air, is sin ga dhèanamh an ainm na Trianaid; nithear comharra na croise os cionn na tha anns an lèigh agus an dèidh sin thèid rann aithris.' 'S e dòigh eile a bha ann gus an leigheas a dhèanamh, a rèir na h-aon tobrach – agus a bhiodh ag obair air ainmhidh tinn – gun ach 'fliuch do shuil!' (*sic*) a ràdh agus an uair sin do shùil a fhliuchadh le bàrr meòir air an deachaidh smugaid a thilgeil.

(80) A' bhana-bhuidse

A thaobh a' chreideis gun robh e mì-shealbhach nan coinnich-eadh iasgair, 's e air an rathad gus a' mhuir, ri geàrr no sean chaill-each, faic *Folklore Society Journal VI*, 264. 'S e a' bharail a bha aig Mackenzie (1995, 85) gur e tachartas mì-shealbhach a bha ann dha fhèin gun robh e air còmhlichadh ri boireannach aosta nuair a bha e a' dol a dh'iasgach, ged a bha ise air a h-astar gu coinneimh chràbhaidh. Tha e mar chuid den bheul-aithris ann an ear-thuath na h-Albann gun robh e mì-shealbhach do dhuine a bha a' siubhal chun na mara a bhith a' tachairt ri ministear, mar a thathar ga leigeil fhaicinn ann an Cameron 1928, 75, agus Nicholson 1897, 57–58, a thuilleadh air mòran thobraichean eile. Ged a dhearbh am prìomh neach-aithris agam an aon rud dhomh a thaobh Mhachair Rois, ann an ceàrnaidhean eile tha e coltach nach bite a' coimhead ri sagart Caitligeach anns an dearbh dhòigh (Anson 1950, 36). Tha Nicholson (1897, 77) ag aithris nach fhaicte bana-bhuidse a bha air an rathad gus cron a dhèanamh ach mar gheàrr agus nach gabhadh a tilgeil ach le bonn airgid; faic cuideachd Ó Duilearga 1981, 399–400, agus Ní Dhuibhne 1993, 77–85. Tha MacKenzie (1935, 51) a' toirt iomradh air a' chreideas gun robh e mì-shealbhach nan robh aon chuid ministear no muc gan luaidh le feedhainn a bha air a' mhuir. Tha an tobar seo a' toirt mar ùghdarris cuideachd Gregor (1881, 128–89) a tha ag aithris gun robh aig a leithid de gheàrr 'cumhachd lem b' urrainn dhi i fhèin a dhèanamh do-fhaicsinn airson tacain. Nan rachadh a tilgeil le urchair airgid, bhiodh an t-sean chailleach ri faighinn an dèidh làimhe na sìneadh na leabaidh a' plosgartaich is a' call na fala.'

Tha luaidh air tobraichean Albannach eile anns an aon àite a tha uile ag innseadh gun robh e mì-shealbhach tachairt aon chuid ri geàrr no sean chailleach agus tha Cameron (1928, 73), a tha a' toirt iomradh air boireannach ruadh seach cailleach, a' cur an cèill a thuilleadh air sin gum bu chòir an fheadhainn seo a leanas a sheachnad: páiste fiar-shùileach, fireannach spad-chasach, cat no muc. Tha Ross (1976: 70) a' toirt seachad a' bheachda

nam bite ag amas air bana-bhuidse le musgaid sam bith gum b' fheudar bonn airgid a chur innte mar urchair – b' e bonn cam a bha feumail, a rèir Gunn is MacKay (1897, 135). Tha creideas ga thoirt seachad le MacGregor (1937, 58) nan rachte musgaid, is buinn airgid air an cur innte mar urchair, amas air gearr gur ann a dh'atharraicheadh e gu cruth sean chaillich air neo bana-bhuidse. Air an làimh eile, 's e a tha aig Napier (1879, 70), is e a' toirt tuairisgeul air na seòrsachean seo de chreideasan anns an taobh an iar, suidheachadh a tha ag innseadh mu bhana-bhuidse a chaidh a losgadh nuair a bha i na gearr agus a dh'atharraich gu cruth boireannaich òig is a cas air a ciùrradh. Tha R.J. MacKay (gun bhliadhna, 59) ag innseadh naidheachd thraigiseanta mu bhoireannach à Dòrnoch, a fhuair an t-ainm a bhith na bana-bhuidse, gun do rinn i gearr dhith fhèin is asal den nighinn aice. Ann a' chunntas a tha aig Dorian (1985, 91–92) mu chreideas muinntir Eurabail a thaobh cùisean seilbh anns an iasgach, tha iomradh air a' chumhachd a bhathas a' creidsinn a bhith ann an airgead agus ann an uisge an airgid thairis air a' bhuidseachd.

San dealachadh, tha MacKay (*loc. cit.*) a' dearbhadh dhuinn mar a bhathas a' creidsinn gun robh buaidh aig bonn airgid gus cron a chumail air falbh anns an tuairisgeul a tha aige gum biodh fear ga chur na chrochadh mu amhaich cloinne òige gus an dìon; agus tha Mackenzie (1995, 83) ag innseadh gun deachaidh na bha de dh'ím ann an crannaig a ghlèidheadh air sàilleabh bonn sia sgillinn a bhith air a chur an grèim innte eadar an clàr agus am bonn. Sgrìobh Stewart (1883), nam faicte faoileagan ag itealaich air dòigh àraid, gur e droch mhanadh a bhiodh ann do dh'fhear a bha a' dol a dh'iasgach (d. 331), agus, a thuilleadh air sin, mar a bhathas a' cur earbsa à craiceann dòbhrain gus feadhainn a dhòn air bàthadh (d. 119).

(82) 'Carson a dh'fhàg thu Dan?'

A thaobh an ear-thuath, tha Nicholson (1897, 82) ag ràdh, nan robh teaghlaich mì-shealbhach ag iasgach an sgadain, gun cuireadh iad am mì-shealbh às leth droch ghuidhe teaghlaich

eile. Rinn Temperley (1977, 108) cruinneachadh de sgeulachdan bho thaobh tuath na h-Albann agus, ann an tè dhiubh, cuiridh cailleach mallachd air iasgair.

(83) An ìomhaigh

A thaobh ìomhaighean air an dèanamh le luideagan, tha Nicholson (1897, 82) ag innseadh gun do rinn an teaghlaich air an tugadh iomradh anns an nota mu dheireadh oidhrip air an suidheachadh ud a chur ceart. 'S ann a thàinig iadsan agus cailleach àraid còmhlaich air beulaibh taigh nan daoine eile agus chuir iad teine ri ìomhaigh luideig de chailllich anns an deachaidh iomadach prìne a stobadh. Chuir càch an làmhan an ceangal ri chèile mun cuairt air an teine is iad uile a' sgreuchail is a' dèanamh iolaich. Bha e na chuid den dearbh dheas-ghnàth cuideachd a bhith ag aithris 'fhaclan do-thuigsinn'. 'S ann bhon aon ùghdar, aig a bheil tuilleadh eisimpleirean bhon litreachas, a gheibhear naidheachd (d. 59) mu iasgairean a' losgadh ìomhaigh luideig am bàrr simileir an aghaidh ministeir a bha air ùrnaigh a dhèanamh gus am peanasachadh agus iad air an t-Sàbaid a bhriseadh. Airson barrachd fiosrachaiddh mu chreideis iasgairean, faic *Tochar* 20 (1975), 150–51.

(84) An neapaig san t-seann seacaid

A thaobh aislingean mu fheadhainn a chaidh a bhàthadh, faic Black 2005, 184–85, 398, agus, sa chumantas, A. Ross 1976, a bhios ag ainmeachadh J.G. Campbell 1902 gu h-àraid. Tha naidheachd aig MacRae (1908, 103–05, air a chlàradh anns an *Rowan Tree Annual* 1907–08) san deachaidh an t-àite far an tàinig corp duine bhàite gu tìr fhaighinn ann an aisling. Tha eisimpleir eile mu bhoireannach bàite ann an Uibhist a Tuath ann an *Tochar* 16 (1974), 318–20. 'S e sgeulachd mu dheidhinn cuirp caileig a tha aig C. Macdonald (1947, 84–86). Bha i air a dhol a-mach à sealladh fhad is a bha i a' tional bhioran, agus 's e nàbaidh a bha air falbh a dh'Ameireaga bhon uair sin a fhuair brath ann an aisling air an àite far an robh an corp. Ann

an òran Leòdhasach, ‘Bàgh Ciarach’, bidh am fear a chaidh a bhàthadh ag innseadh do a leannan càite am bi an corp aige ri lorg (MacDonald [gun bhliadhna], 164–65).

(86) Teip dubh

Gheibhear fiosrachadh mun dòigh san deachaidh leanabhan a dhochann leis an t-sùil chronachaидh bho MacLagan 1902: 51–53, 162, aig a bheil eisimpleirean bho Shiorramachd Rois. Tha sgeulachd aige cuideachd (d. 43) san tèid rabhadh do dh'athair gun a bhith a' cur a phàiste òig – ‘an leanabh as eireachdaile coltas san àite gu lèir’ – fa chomhair an t-sluaigh. ’S ann a bha clann a bha glan no grinn thar a' chumantais ann an cunnart fa leth, mar a bha an fheadhainn nach robh air am baisteadh fhathast (Napier 1879, 20). Ann an cunntas eile, tha an t-ùghdar ag innseadh (d. 149) gun deachaidh gisreag (seun) chonnlach don teine gus crodh a bha air an dochann air an dearbh dhòigh a leigheas. Tha Stewart (1883, 359–60) ag ràdh cuideachd gum b' àbhaist do shìthichean toirt an aire do chloinn a bha brèagha agus gur e comharra de leithid nan robh iad a' mèaranaich. Nam b' ann mar sin a bha, 's e bu chòir a bhith air a dhèanamh smugaid a thilgeil ann an aghaidh an leanaibh. Anns an aon leabhar, thathar a-mach air smugaid a bhith ga cur a chum sin air lìn is driamlaichean mun tèid an cur anns a' mhuir.

(87) Na dealachan

’S e Artair Ros am bàrd a rinn an tuireadh ionadail, ‘An Linnet Mhòr’ (faic àir. 142, agus dd. 179–206).

(92–93) An oidhche ron phòsadadh; ... oidhche a' bhainis

Tha Napier (1879, 47) a' toirt iomradh air an nòs a bha ann, gum biodh buidheann de bhana-chompanaich bean na bainnse a' tighinn cruinn anns an taigh aice fhèin an oidhche ron bhainis ach an cuireadh iad deas-ghnàth nighe nan cas gu feum. Bha buntanas aig an deas-ghnàth sin ris a' mhanadaireachd a chleachte air Oidhche Shamhna (coim. Black 2005, 560–62).

'S e àm gu math aighearach a b' àbhaist a bhith ann, a rèir a' chunntais sin. 'S e fealla-dhà, 'horseplay' mar a tha aig E.W. Marwick (1975, 90) air aighear nan caraidean aig a leithid seo de dh'äm, agus tha sin ag aontachadh ris na tha ri fhaicinn anns na teagsaichean a tha seo. Tha Gunn agus MacKay (1897, 120) a' dearbhadh gur e àm aighearach a bha ann gun teagamh, ach 'nach robh mòran a dh'fhàisneachd ann'. Fhad is a bha casan bean na bainnse gan nighe, a rèir Marwick (d. 88), rachadh fainne a chur anns a' chùdainn agus, a rèir R.J. MacKay (gun bhliadhna, 80), bhiodh buinn a bhiodh màthair bean na bainnse air beannachadh air an cur an oidhche ron bhainis anns a' bhùrn gus na casan a nighe. Chan e a-mhàin sin ach tha Napier (1879: 53) ag innseadh gun rachadh fear agus bean na bainnse a chur nan sìneadh an ath-oidhche, gach aon le charaidean fhèin.

(94) Am prèasant aig a' phòsad

Tha Dorian (1985, 84), is i a' toirt cuntas mu bhainnsean traidiseanta ann an Eurabal, ag ràdh gum b' àbhaist do dh'aoighean bainnse a bhith a' cuideachadh le tiodhlac de dh'airgead.

(102) Plangaid airson leanaibh

B' e a' chlòimh roghainn nan daoine, a-rèir Campbell (1975, 78), cho fada is a bhuineadh ri aodach cloinne; agus tha Gunn is Mackay (1897, 133) a' toirt an aire ann an Siorramachd Chataibh gur e a' chlòimh an seòrsa stuth aodaich a bheireadh sealbh leatha – an seo, 's ann a bhiodh duine ga cumail na làimh is e a' coimhead na gealaich ùire airson na ciad uarach.

(106) An taigh-faire

Tha nòsan uime seo ann an Eurabal aig Dorian 1985, 85–86.

(115–21) Na ceàirdean

Gheibhearr fiosrachadh mu dhòigh-beatha nan ceàirdean ann an caochladh àireamhan de *Thochar*, agus anns an leabhar le T. Neat (1996).

(127) Oidhche Shamhna

Tha Miller (1995, 61–63), Grant (1885, 63), Ross (1976, 153) agus Nicholson (1879, 93) le chèile a' toirt luaidh air diabhlair-eachd is cleasan mì-mhodhail a bhith nan cuid de dheas-ghnàthan Oidhche Shamhna, is am fear mu dheireadh a' gabhail a-steach cnagadh air na h-uinneagan mar chuid den spòrs a bha sin. Faodar cunntas mu iasgairean a' cur chun na mara a leughadh ann an Dorian (1985, 19).

(128) An dà mhuc

Nòs eile a bha a' buntainn ris an spòrs Oidhche Shamhna: beathaichean a thoirt air falbh, mar a tha air innseadh le cuid de thobraichean, R.J. MacKay (gun bhliadhna, 35–40) nam measg.

(130) Na stocaidhean aig a' Challainn

Tha Dorian (1985, 92–93) a' bruidhinn mu nòsan Oidhche Challainn ann an Eurabal.

(132) An duanag a bha aig an smeòrach

Tha Mackenzie (1935, 260) a' bruidhinn mu cheileadarad nan eun ga thuigsinn mar chainnt dhaonna agus tha Swire (1961, 162) a' toirt seachad eisimpleirean den t-seagh a bhathas a' smaointinn a bha aig cuid dheth. Ann an aon tobar, tha iomradh air na h-eòin a leanas: an gèadh, an guilbneach, crom-nan-duilleag an coileach-coille, an naosg, am breac-an-t-sìl, am brù-dhearg, an lon-dubh (d. 67); an fheadag (d. 154); agus a' bhuidheag-bhealaidh (d. 162).

(135–36) Wully agus an t-airgead aig an *rent*; Wully agus an *carbolic*

'S e an duine air a bheilear a-mach anns na mìrean seo ach fear a bha gu math ainmeil anns na bailtean – A' Churracag, maraiche sgileil a tha a' tighinn am fianais ann an Naidheachd 123 cuideachd. 'S ann a chaidh am far-ainm seo a thoirt air, thathar ag ràdh, a chionn is gun robh am fasan fault aige caran

coltach ri ceann na curraraig (Dwelly, s.v. *curracag*: ‘... 3. Tufted dun bird, pochard – *fuligula cristata*; 4. [An t-Eilean Sgitheanach is Uibhist] Lapwing, so called on account of the tuft of feathers at back of head resembling the “curraicean” worn by women in olden times ...; 5. [Meadhan Siorramachd Pheairt] Sand-piper.’)

(137) An tàillear misgeil

Faic Watson 2001a, 156. Coim. cuideachd *Linguistic Atlas and Survey of Irish Dialects*, Leabh. 4, 301, far am faighear ath-sgrìobhadh den aon seòrsa sgeulachd bho fhear de chlàraighean Dhoegen ann an dual-chainnt Shiorramachd an Chabháin.

(139) Am botal *Congo*

’S ann air *Cognac* a thathar a-mach san naidheachd seo. Tha e coltach gur ann air sgàth na h-àbhachd a chaith am falach a mhì-fhuaimneachadh mar seo an toiseach is gun do shìn feadhainn ga chleachdadadh mar fhacal ceart an dèidh làimhe.

(140) Beinn an Uig

Tha an fhàisneachd a tha seo a’ dèanamh luaidh air fear den dà ionmhas a thathas a’ creidsinn a chaith a chur am falach anns an dùthaich. ’S ann am Port Lèirig a tha am fear eile dhiubh – a rèir nighean Isbeil Anna, ’s ann do mhanaich Bhàrd Mhoire an ceann a tuath Bhaile a’ Chnuic a bhuiteadh e. Faic Watson (2001, 342, 359).

(142) An *Linnet*

A thaobh an droch chliù a bha air cladach Chadaboil airson long-bhrisidhean, faic Miller (1999, 257, 264). Chaith an soitheach a bha seo, a bha air a clàradh ann an Sunderland, air na creagan fo Chadabol anns a’ Ghearran 1843. Thàinig grunnan fhireannach às an àite ri chèile gus a cur air bhog a-rithist, ach chaith am bàthadh an dèidh do stoirm eile tighinn, a thug an soitheach, is iad fhèin fhathast air bòrd, fada a-mach air Linne Mhoireibh. Rinn Art Ros, bàrd à Baile a’ Chnuic, tuireadh anns a bheil 56

de rannan, is nàdar soisgeulach orra, mu dheidhinn na thachair. (Tha cunntas nas coileanta ri fhaighinn air dd. 179–209.) ’S e seanchas a tha aig teaghlaich de mhuinntir nan Sginnearach a tha a’ còmhnaidh am Baile an Todhair (dd. 50–51) gun deachaidh fainne a thoirt le caiptean an *Linnet* do dh’iasgair anns an àite a rinn a theasairginn. ’S e fear Fionnlagh Sginnearach a bha ann agus thathar a’ toirt seachad na dearbh fhàinne a tha sin bho ghinealach gu ginealach eadar boireannaich an teaghlaich.

(144) An *Natal*

HMS *Natal*. Suidheachadh: Crombadh. A’ Chiad Chogadh Mòr. Uaigh-Chogaидh Mara. Bha an cursair-mara armaichte, *Natal*, na aonad anns an Dàrna Sguadron de Chursairean Mara. Air an 30mh den Dùblachd 1915, bha i na laighe ann an acarsaid Chrombaidh nuair a bhrùchd teine a-mach air bòrd. Ann an ùine ghoirid, bha an arm-lann aice air spreadhadh agus cha mhòr nach deachaidh i fodha anns a’ bhad. Den 815 de dh’fhireannaich sgioba a bha oirre, b’ e call trom na chaidh a mharbhadh dhiubh: 421 de dh’oifigich is de mharaichean.

(Bho Chunntas na Co-chomhairle Poblaich air Achd Uaighean-Cogaidh Mara agus Dìon Làraichean Cogaidh 1986. Èarr-ràdh B. Liosta de na Soithichean a tha gam Moladh gun Ainmichear iad mar Làraichean fo Stiùireadh. 5. Tobar: <http://www.mod.uk/consultations/maritime_graves/controlled_sites.htm> 5 Iuchar 2004.)

Air an 30mh den Dùblachd 1915, bha an *Natal* na laighe ann an Linne Chrombaidh is an sguadron aice fo cheannas a’ Chaiptein Eric Back RN. Goirid an dèidh 3.20 feasgar, agus gun rabhadh, reub sreach de spreadhadhean fior chumhachdach tron luing. Ann an còig mionaidean beaga, bha i a’ dol fodha is long-bhriseadh lasrach air a dhèanamh dhith. B’ e an àireamh a chaidh

bàs mar thoradh air an seo 390 de dh'fhireannaich, barrachd air leth de chuideachd na luinge, 11 de bhoireannaich is phàistean agus dithis de luchd-obrach nan docaichean. Dh'eug an fheadhainn a bha sin aon chuid air sàilleabh nan spreadhaidhean no ann an sàl fuar reòthte Linne Chrombaidh. Chaidh na lorgadh de chuirp a thiodhlacadh ann an Cladh Ros Cuithne, Inbhir Gòrdain. Chaidh mòran beachdachaidh a dhèanamh mu chall an *Natal*. Chreidte gur ann fa-near do long-formhuir cuir-mhèinn Ghearmailtich a bha i, ach chaidh leigeil fhaicinn le sgrùdadhbh fo-mhuir gur e spreadhadh ann am broinn an t-soithich a rinn an dochann ro-mhòr a thachair dhi. Ged a bhathas a' cur an amharas sabotàis le luchd-gníomha Gearmailteach, cha deachaidh e a-riamh a dhearbhadh.

(A. Cecil Hampshire, *They Called It Accident*, Lunnaidh: William Kimber, 1961. Tobar: <<http://www.fettes.com/scotsatwar/AZindex/n/natal.htm>> 5 Iuchar 2004.)

Chaidh Lios an *Natal* ann an Inbhir Gòrdain a chruthachadh ann an 2001, na chuimhneachan air an droch thubaist.

(145) An *Jellicoe*

'S e long-chogaidh de sheòrsa Rìgh Deòrsa V a bha ann an HMS *Anson* a thogadh ann an 1940 fon ainm *Jellicoe* agus a chaidh ath-ainmeachadh.

(Tobar: <<http://www.probertencyclopaedia.com>> 4 Iuchar 2004.)

Air a cur air bhog 24 Gearran 1940. Air a cur an sàs 22 Òg-mhìos 1942. Eachdraidh: Rinn *Anson* seirbheis na long-bhrataich aig Leas-Amaireil Sir Henry Moore anns a' Ghiblean 1944 ri linn Iomairt Thungsten, fear de dh'iomadh ionnsaigh adhair a rinneadh air *Tirpitz* chumhachdach na Gearmailt ann an Loch Alten an ceann a tuath Nirribhidh ...

(Tobar: <<http://www.uboot.net/allies/warships/ship/4073.html>> 4 Iuchar 2004.)

B' e *Anson* an long mu dheireadh de seòrsa a chaidh a bharantachadh. Leithid *Howe*, chuireadh dàil innse anns a' Chèitean 1940 ach, na taobh-sa, chaidh sia mìosan seachad mus do thòisich an togail a-rithist. An dèidh sin, bha seirbheis aice ann an Luingeas Dachaigh Bhreatainn ann an Sruth Sgapa ... [Air an 7mh den Mhàrt 1945,] chaidh a barantachadh an dàrna h-uair airson a' Chuain Shèimh ... Cha deachaidh i an glacaibh ann an raon a' Chuain Shèimh. 'S i an long-bhrataich a bha ann nuair a chaidh Hong Kong ath-shealbhachadh air an 29mh den Lùnastal agus b' ann air bòrd oirre a chaidh na h-ainmean a chur ri Cùmhnan Géillidh nan Seapanach air an 16mh den t-Sultain ...

(Tobar: <<http://www.world-war.co.uk>> 4 Iuchar 2004.)

(150) A' dèanamh stiudha anns an Drome Airson barrachd fiosrachaidh a thaobh glacadh choineanach ann an Eurabal, faic Dorian 1985, 48. Tha cunntas mun obair sin ann an Siorramachd Chille Chuibeirt ri fhaighinn ann an *Tochar* 45 (1992), 196–67.

IX
SEANFHACLAN

Ma thrèigear a sean-fhocal, nì bhrèugn'ar è (Hughes 1998, àir. 600)

AM BÀS

(1)

Am fear tha beò thig e uaireigin, am fear tha marbh cha tig e gu bràch. (AX)

(2)

Tha leigheas air gach càs ach chan eil leigheas air a' bhàs. (ÙR)

Coim. BG *Death defies the doctor* (Ramsay 1979, 240); GÈ *Chan fhuil lia ná leigheas ar an bhás* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 616); *Níl luibh ná leigheas i n-aghaidh an bháis* (Ua Maoileoin 1984, àir. 85, Ó Máille 1948, àir. 353).

AN DÀN

(3)

A rèir 's mar thuiteas.

.i. Na dèan dad gus am faic thu ciamar a bheirear cùisean gu ìre.

Faic Naidheachd 46, far a bheil eisimpleir den t-seanfhacal seo.

(4)

An rud fhimireas a bhith bios e.

Coim. *An ni a tha'n dàn tachraidh e* (Nicholson 1951, 320); GÈ *An rud a bhíonn bionn sé* (Ua Maoileoin 1984, àir. 313).

(5)

An rud nach tig a-steach air na *hurdy-gurdies*, thig e a-steach air na *merry-go-rounds*.

Faic Naidheachd 1, far a bheil eisimpleir den t-seanfhacal seo.

(6)

'S iomadh uair chinnich luchd na fachaid dar chaidh luchd fearmaid an èis. (ÙR)

Coim. *Nach minig a chinnich fuigheall fanaid agus a chaidh fuigheall farmaid a dholaidh* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 152); GÈ *Is minic a rinneadh magadh fá dhuine a mharbhóchadh fiadh* (Ó Máille 1952, àir. 2576).

(7)

'S iomadh rud thig air an laogh nach saoil a mhàthair. (ÙR)

Coim. *Is minig a thainig air laogh mear, galair nach do shaoil a mhàthair* (Nicholson 1951, 278; MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 106); BG *A good cow may have an ill calf* (Ramsay 1979, 6); *An ill cow may have a good calf* (Ramsay 1979, 10); GÈ *Geal leis an bhfiach ndubh a gheárrcach fèin* (O'Rahilly 1922, àir. 166); GM *Ta booa vie ny gha as drogh lheiy ec:* ‘Many a good cow hath a bad calf’ (Wood 1894, àir. 137).

(8)

Cha chreid an òg gun tig an aois. (IAx)

(9)

Cha tàna muir tràghaidh gun muir làn na dheaghaidh.

Chaidh an seanfhacal seo a dhaingneachadh ann an cuimhne an t-sluaigh bhon a tha e na shreath de dh'òran a bhite a' seinn gu math tric san dùthaich, ‘Mo rùn geal dileas’.

Coim. *Cha d'thàinig tràigh gun mhuir-làn 'n a dhéigh* (Nicholson 1951, 99); *Chan eil tuil air nach tig traoghadh* (Nicholson 1951, 116; MacIlleathainn agus NicPhàil 2005,

148); BG *Every flow has its ebb* (Ramsay 1979, 27); GÈ *Nil tuile ná trághann; Ní gnáth tuile nach dtig tráigh* (Ó Rahilly 1922, àir. 104); *Nil tuile dhá mhéid nach dtráigheann* (Ó Máille 1948, àir. 661); *Is annamh tig tráigh gan lán-teacht mara 'na diaidh* (Ó Máille 1948, àir. 1873); GM *Lurg roayrt hig contraie* (Wood 1894, àir. 63).

(10)

Chan eil nì anns an t-saoghal a tha ann nach teirig ach ceò.

Coim. GÈ *Chan fhuil sa tsaoil ach ceo, Agus cha seasann an ró ach seal* (Ó Muirgheasa 1976, 564); *Nil insan saoghal ach ceo, 's ní mhaireann an ceo ach seal* (Ó Máille 1952, àir. 3625).

(11)

Tha a smùdan fhèin air ceann gach fad
'S tha 'n lili¹ a' fas am measg droighean geur
'S gach dhiubh a chèile tha meala 's tha gal. (ÙR)

Tha e follaiseach gu bheil an tritheamh cuid dheth seo air a thruailleadh.

Coim. *Tha 'smùideag fhéin 'an ceann gach foid* (Nicholson 1951, 362); *Tha smùdan fein an ceann gach foid/ Is dòruinn ceangailt ris gach math* (MacDonald 1926, àir. 287); agus faic an ceathramh a tha anns 'Am Bruadar', sr. 49–52, le Dùghall Bochanan: *Tha 'smùdan fein a ceann gach foid./ 'Us dòruinn ceangailt' ris gach maith;/ Tha'n ròs a' fas air drisibh géur./ 'S an taic a chéil' tha mhil 's an gath* (Sinclair 1875, 112–13).

(12)

Thig an aon uair rud nach tig ann am bliadhna.

Coim. *Tachraidh nì ri aon uair nach tachair ri aon uair deug* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 152); *Thig ri là nach tig ri linn* (Nicholson 1951, 409); BG *It may come in an hour*

¹ Leugh *lili*.

what winna come in seven year (Ramsay 1979, 62); GÈ *Tig rud i mbomaite nach dtig i gcéad bliain* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 1745).

(13)

Is cam is dìreach an lagh: thig là gu cunntas, là gu pàigheadh. (ÙR)

.i. 'S ann cam a tha an dòigh anns a bheil an lagh ag obrachadh gus an ceartas a ruiginn, agus, ged nach aithnich-ear an toiseach e, thig an t-àm anns am feudar èirig a phàigheadh airson an uilc.

Coim. *Is cam 's direach a thig an lagh* (Nicholson 1951, 248); BG *Law's costly, take a pint and 'gree* (Ramsay 1979, 65); GÈ *Ní liathaighe an abhainn anonn ná anall ná caimeacht sa dligheadh* (Ó Máille 1952 àir. 281); *Ní ghabhann dlí le riachtanas* (Ua Maoileoin 1984, àir. 142).

DÀIMH

(14)

B' fheàrr liom fàgail tastan aig mo nàmhaid na bhith an comain mo chàirdean. (ABh)

B' fheàrr liom fàgail tastan aig mo nàmhaid na bhith comain mo chàirdean. (ÙR)

Coim. *Is fhearr rud fhàgail aig nàmhaid, na rud iarraidh air caraide* (Nicholson 1951, 249); *Is fhearr dhut do chuid fhàgail aig do nàmhaid, na dol 'an innibh do charaide* (Nicholson 1951, 245); BG *Better leave to my faes than beg frae my friends* (Ramsay 1979, 19); GÈ *Is fearr fuacht do charad ná teas do námhad* (Ó Máille 1948, àir. 867).

(15)

'S fheàrr tastan an sporan na caraid sa chùirt. (ABh)

'S fheàrr crùn an sparan na caraid na cùirt. (ÙR)

Coim. *Is fhearr caraid 's a chùirt na crùn 's an sporan* (Nicholson 1951, 244); BG *A friend in court is worth a penny in purse* (Ramsay 1979, 5); GÈ *Is fearr focal (/ cara) sa chúirt ná bonn (/ púnt) sa sparán* (O'Rahilly 1922, àir. 71); *Is fearr cara sa chúirt na bonn sa sparán; Is fearr caraid sa chlúid ná gláin sa sparán* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 184); *Is fearr focal sa chúirt ná púnt (/ bonn) sa sparán* (Ua Maoileoin 1984, àir. 379).

(16)

Is lom sùil gun abhrad. (ÙR)

Coim. *Is lom an t-sùil gun an rosg* (Nicholson 1951, 263); *Is iomrallach duine ann an dall-cheò agus is lom gualainn gun bhràthair* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 34); GÈ *Is lom gualainn gan bráthair* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 210).

(17)

'S math an sgàthan sùil caraid. (ÙR)

Coim. *Is math an sgàthan sùil caraide* (Nicholson 1951, 273); GÈ *Is maith an sgathan sùil charad* (Hughes 1998, àir. 323).

FIALAIDHEACHD IS SPÌOCAIREACHD

(18)

Gabh mar gheobh thu 's gheobh thu mar chaitheas!

Gabh thusa na gheobh thusa 's gheobh thusa mar chaitheas!

Faic Naidheachd 19, far a bheil eisimpleir den t-seanfhacal seo.

Coim. *Caith mar a gheabbh, 's gheabbh mar a chaitheas* (Nicholson 1951, 75); *Cha ghabh thu dar gheobh thu, 's chan fhaigh dar 's àill* (Dorian 1974, àir. 120); BG *Spend and God will send, spare and ay be bare* (Ramsay 1979, 87); GÈ *Glac an rud do gheobhair; Glac a bhfuighir, agus diol a bhféad-*

fair (O’Rahilly 1922, àir. 99); *Caith do chuid is gheobhair, Taiscidh agus rachaidh amú; Ach mur’ gcaithe tusa é, Caithfidh an Gaibhleán Gabha é* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 857).

(19)

Iallan fada le leather càch. (ÙR)

Coim. *Iallan fad’ á leathar chàich* (Nicholson 1951, 209); BG *Of other fowks leather take large whangs* (Ramsay 1979, 79); *Ye cut lang whangs out of other fowk’s leather* (Ramsay 1979, 116); GÈ *Iall fada de leathar chàich* (Hughes 1998, àir. 517); *Bíonn cosa cruaidh ag gearrán iasacht’* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 870); *Is fial stiall de leathar dhuine eile* (Ua Maoileoin 1984, àir. 1162).

(20)

’S e an t-sùil a chì ’s an làimh nach ruig. (Thoir rudeigin don leanabh!)

.i. Nuair a bhios biadh math aig na h-inbhich, cha bu chòir a’ chlann a dhìochuimhneachadh. (Chòrd an seanfhacal seo gu h-anabarrach math ri athair màthair Isbeil Anna.)

Coim. *Dà rud nach còir a bhith falamb: goile an t-seann duine agus làmb an leanaibh bhig* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 30); GÈ *Mian mic a shúil [tabhair blúire don bhfireannach]* (Ua Maoileoin 1984, àir. 76).

SEALBH IS MÌ-SHEALBH

(21)

’S ann air an dùthaich thàinig an dà là. (ABh)

(22)

’S ann daibh rug an cat an cuilean. (ÙR, ABh)

Coim. *Sann dut a rug an cat an cuilean* (Dorian 1974, àir. 122); *Nach ann dhut a rug an cat an cuilean* (MacIlleathainn

agus NicPhàil 2005, 107); *Rug bó laogh dha* (Nicholson 1951, 341); GÈ *Is móir an teannta le cat pisín* (Ó Máille 1948, àir. 1356).

(23)

'S iomadh fear chaidh gus a' choille airson bata da fhèin.

Tha seo a' nochdadadh ann an Naidheachd 19.

Coim. *Chaidh e do'n choille ' ghearradh bata gu gabhail air fhéin* (Nicholson 1951, 135); BG *He brings a staff to break his ain head* (Ramsay 1979, 35); *I have gotten an ill kame for my ain head* (Ramsay 1979, 49); GÈ *Is minic do bhuin duine slat a bhualfeadh é féin* (*/ chun é féin do bhualadh*) (O'Rahilly 1922, àir. 364); *Is minic do chum a bhualte/ théid duine do bhuan slate* (Williams 1979, 66); *Tig an cumann druim tar ais; buailtear duine dá shlait féin* (O'Rahilly 1926, àir. 364); *Is iomaí duine a ghearr slat le haghaidh é féin a bhualadh / Is iomaí duine a bhain slat le é féin a sciúradh / Is minic a bhain duine slat a sciúr é féin* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 900).

(24)

Is làidir am blàr nach teàrn aon air choreigin. (ÙR)

Is cruaidh am blàr nach teàrn aon air choreigin. (ÙR)

Coim. *Is cruaidh an cath às nach tig aon fhear* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 146); *Is cruaidh an cath as nach tig aon fhear ; Is olc am blàr as nach tàr cuideigin* (Nicholson 1951, 224); BG *It is a sair field where a's slain* (Ramsay 1979, 58); GÈ *Ní gnáth ár gan éalóidhtheach; Níl aon chath ná teagann duine as; Níl cath dá mhéid nach dtigeann duine as* (O'Rahilly 1922, àir. 294); *Is cruaidh an cath nach dtig fear innsidh an sgéil* (Hughes 1998, àir. 571); *An cogadh ba mhó a bhí riambh tháinig duine sábháilte as* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 392); *Níl cath dhá mhéid nach dtigeann duine as* (Ó Máille 1948, àir. 1892).

(25)

Thàinig là eile air fear tha buain na mòine. (ÙR, ABh)

Shaoil le ÙR gur ann ri duine a dh'aithnich Teàrlach Òg nuair a bha e na fhògarrach, agus e an riochd fear-buain na mònach, a chaidh an seanfhacal seo a luaidh an toiseach. 'S e *There's other days on [a leithid de dhuine]* am mìneachadh sa Bheurla a bha aig nighean Isbeil Anna air an t-seanfhacal seo.

Coim. *Bu là eil' e do dh-fhear buain na mòine* (Nicholson 1951, 71); *Bha latha eil' aig fear na mònach* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 94); *Cha robh duine riamh gun dà là, ach am fear gun lath' idir* (Nicholson 1951, 125).

(26)

Tha deoch bho leanabh riataich làn cho milis ri deoch bho leanabh anns a' phòsadh. (ÙR)

AN T-SLÀINTE

(27)

Gabhaidh cnàimh craicinn 's gabhaidh craicinn feòil. (ÙRx)

.i. Cho fada 's a bhios duine beò, ged nach biodh e ann an deagh chor, m.e. an dèidh tinneis, thig e thuige fhèin a-rithist.

Coim. *Gleidhidh cnàimh feòil, fhad 's is beò smior; Gheabh feòil cnàimh, 's gheabh cnàimh feòil* (Nicholson 1951, 205); *Truisidh cnaimh feòil fhad 's is beò an smior* (MacDonald 1926, àir. 303); *GE Ní feoil gan a cnáimh* (Ó Máille 1952, àir. 4636); *An rud a geintear sa gcnáimh is deacair a bhaint as an bhfeoil* (Ó Máille 1948, àir. 1948).

PÒSADH

(28)

Is urrainn do h-uile neach a cheannsachadh an droch-bhean ach an duine aig am beil i. (ABh)

Is urrainn do h-uile fhear a cheannsachadh an droch-bhean ach an duine aig am beil i. (ABh)

Coim. *Ceannsaichidh a' h-uile fear an droch-bhean, ach am fear aig am bi i* (Nicholson 1951, 78); *Sradagan teine air loch;/ tiormachadh clachan a' chuain/ comhairle thoirt air mnaoi bhuirb –/ mar bhuelle air iarann fuar!* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 163); BG *Every man can guide an ill wife well but he that has her* (Ramsay 1979, 27; GÈ *Ceannsuigheann gach uile fhear droch-bhean acht a fear fhèin* (Hughes 1998, àir. 350); *Níl aoinne is fearr a mhíníonn an bhean mhínáireach ná an té ná fuil sí aige* (Ua Maoileoin 1984, àir. 26); *Glacann droch-bhean comhairle gach fir ach a fir fein* (Ó Máille 1952, àir. 2877).

AM FREASTAL

(29)

Dar as fhaisge an fheòil air a' chnàimh, 's fhaisge na sin an smior. (ÙR)

.i. Mas e caraid dhut a tha ann an èiginn, feumar a chuid-eachadh.

(30)

Eadar dà stòl tuitidh tàin.

Coim. *Tuitidh tòn eadar dha chathair, agus tigheadas eadar dha mhuinnir* (Nicholson 1951, 374); *Eadar dha chathair tuitear gu làr* (Nicholson 1951, 171); BG *Between twa stools the arse fa's through* (Ramsay 1979, 21); GÈ *Thainig a tòn chun talamb eadar a dhà sdòl* (Hughes 1998, àir. 45); GM *Eddyrr daa stoyl ta'n toyn er laare* (Wood 1894, àir. 23).

(31)

Gabhaidh sinn na cruachan ach feumaidh sinn bhith beò air na tùdanan. (ABh)

Coim. *Ghabhamaid na cruachan móra, 's dh'fhoghnaidh na cruachan beaga* (Nicholson 1951, 202); *Dh'itheadh daoine na cruachan, ach thigeadh iad suas air na tudanan. People would eat the big stacks, but they could do with the little ones* (Nicholson 1951, 385); *Ithear na cruachan móra, 's nítear leis na cruachan beaga* (Nicholson 1951, 295); *Is fheàrr bàrr mòr, ach foghnaidh bàrr beag* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 150).

(32)

Itean bòidheach air eòin fada às. (ÙR)

Coim. *Bidh iteagan bòidheach air na h-eòin 'tha fad as* (Nicholson 1951, 65); *Tha iteagan bòidheach air na h-eòin a thig fad às; Is geal an cunnradh a thig fad às* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 161); BG *Far away fowls have fine feathers* (Ramsay 1979, 28); GM *Cronk glass fodday, voym, loam, loam tra roshym eh* (Wood 1894, àir. 87); GÈ *Biann adharca móra air bhà a bh-fad ò bhaile* (Hughes 1998, àir. 232); *Tá adharca fada ar bhuaibh i bhfad ó bhaile; Tá adharca fada ar bhuaibh i gConnachta* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 997); *Is glas iad na cnoic i bhfad uainn* (Ua Maoileoin 1984, àir. 783); *Is glas iad na cnuic i bhfad uainn, / Má's glasmhar iad, ní féarmhar* (Ó Máille 1948, àir. 1434).

(33)

Ithidh an t-acras rud sam bith.

Coim. *Ithidh an t-acras rud 'sam bith* (Dorian 1974, 121, MacFhearguis 1995, 59); GÈ *Is maith an t-anlann an t-oeras* (Hughes 1998, àir. 103, Ua Maoileoin 1984, àir. 324).

(34)

Am biadh dh'itheas tu an-diugh cha dèan e feum dut a-màraich.

Coim. *Eaten feeds are soon forgotten* (seanfhacal a bha aig

athair an fhir-dheasachaidh, a rugadh ann an 1907 is a thogadh ann am Beul Feirste).

(35)

Am fear a cheangaileas a shiùbh'leas. (ÙR).

'S e *He who ties well will walk well* an t-eadar-theangachadh a thug am fear-aithris dhomh.

Coim. *Am fear a cheanglas* 's e 'shiubh'leas. *He that ties best travels best* (Nicholson 1951, 12; MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 111); BG *Fast bind fast find* (Ramsay 1979, 29); GÈ *An tè cheanglas*, 's è *shiubhlas* (Hughes 1998, àir. 1); *An té a cheanglas, is é a shiúlas; An té a cheanglas, is é a scaoileas* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 945).

(36)

Na bean ri rud nach buin riut. (ABh)

Coim. GÈ *Nà bain leis an nidh nach m-baineann duit/leat* (Hughes 1998, àir. 201); *Comhairle Cholm Cille/ Is é sin a chomhairle chóir,/ An rud nach mbaineann duit,/ Ná bain dó* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 947).

(37)

Nì clachan beag dùn. (ÙR)

Coim. *Togar càrn mór de chlachan beaga* (Nicholson 1951, 370); *Nitear càrn mór de chlachaibh beaga* (Nicholson 1951, 334); *Is ann mu seach a thogar an dùn* (Nicholson 1951, 215); GÈ *As na bailte beaga a níthear na bailte móra* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 846); *Tóigeann mion-chlocha caisleán* (Ó Máille 1948, àir. 405).

(38)

'S e cadal fada nì an t-iomramh teth. (ÙR)

.i. Mur èirich duine tràth gu leòr, bidh aige ri bhith ag iomramh glè chruaidh gus an grunnd-iasgaich a ruigsinn an àm.

Coim. *Is e'n cadal fada 'ni 'n t-ionradh teth* (Nicholson 1951, 230); *Cadal fad' s an t-ionradh teth* (Dorian 1974, 123); GÈ *Deineann codla fada tóin leis ag duine* (O'Rahilly 1922, àir. 49); *Ghnidh codladh fada tòn lom* (Hughes 1998, àir. 84); *Fágfaidh codladh fada druim nochttha agad* (Ó Máille 1952, 1186a); *Déanann codladh fada faillighe agad* (Ó Máille 1952, 1186).

(39)

Is iomadh rud chì fear an t-sùil fhada. (ÙR)

'S e *Many is the thing the man with the long [far-seeing] eye can see* an t-eadar-theangachadh a thug am fear-aithris dhomh.

Coim. *Am fear a's fhaide saoghal 's e 's mò a chì* (Nicholson 1951, 16); 'S iomadh rud a chi fear an t-saobhal fhad' (Dorian 1974, 121); GÈ *Té a mbíonn saol aige, bíonn scéal aige* (Ó Muirgheasa 1976, 716).

(40)

Is trom an t-eallach an leisge. (ÙR)

Coim. GÈ *Is trom an t-uallach an fhallsachd* (Hughes 1998, 83).

(41)

Teirigeas uisge nan gleann mur bi dul na cheann. (ÙR)

Teirigidh uisge nan gleann mur bi dul na cheann. (ÙR)

.i. Chan fhiach do dhuine a bhith a' strì ri cruaidh-chàs sam bith, a chionn thig ceann air gach fear dhiubh mu dheireadh thall.

(42)

Gheobh cearc sgrìoban rud air choreigin.

Coim. *Gheibh cearc an sgrìobain rudeigin, 's chan fhaigh cearc a' chrùbain dad idir* (Nicholson 1951, 226); *Ge bith dè gheibh cearc an sgriobaidh, chan fhaigh cearc a' chrùbaidh càil* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 102); BG *It is a sair hen that canna scrape for ae (= one) bird* (Ramsay 1979, 58); GÈ *Is olc an chearc ná scriobfadh di féin* (Ua Maoileoin 1984, àir. 186); *Gheibh cos ar siùl rud nach bhfaigheann cos ina cónaí; Cos atá ar bhóthar i gcónaí gheobhaidh sí rud eigin; Chan fhaigheann cos ina cónaí aon rud* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 78).

GNÈITHEAN IS FEARTAN AN DUINE

(43)

Ceann mòr air duine glic, ceann cearc air amadan. (ABh)

Coim. *Ceann mór air duine glic, ceann cearc air amadan* (Dorian 1974, 122); *Ceann mór air duine glic, 's ceann-circ' air amadan* (Nicholson 1951, 78); *Ceann mor (sic) air duine glic/ Is ceann circ air amadan* (mar fhreagairt aig a' bhàrd, Mac Rath, air cainnt ministeur; MacLennan, gun bhliadhna, 66); GÈ *Ceann mór ar bheagán céille; Ceann mór agus beagán céille ann; Ceann mór na céille bige;* (Ó Muirgheasa 1976, 298); GM *Kione mooar er y veggan cheilley, as kione beg gyn veg edyr; towse cheilley rish* (Wood 1894, àir. 21); *Cloigeann mór le ciall sgóir / cloigeann circe ar amadán* (Ó Máille 1948, àir. 1018a).

(44)

Cha tèid am madadh-ruadh nas fhaide na bheir na casan e. (ÙR)

Thèid am madadh-ruadh cho fada 's a bheir a chasan e. (ÙR)

Coim. *Cha téid an sionnach na's fhaide na bheir a chasan e* (Nicholson 1951, 129); *Cha mhair an sionnach air a shìor-ruith* (Nicholson 1951, 104); GÈ *Màs gasta an gearr-fhiadh,*

beirthean fa dheireadh air (Hughes 1998, àir. 68); *Cé gur gasta an madadh ruadh tá greim sa deireadh air* (Mag Uidhir 1956, 39).

(45)

Cha sheas poca falaimh. (ÙR)

Cha do sheas poca falaimh ris a' bhalla. (ABh)

Coim. *Cha sheas poca falaimh ri balla* (Dorian 1974, 121); *Cha sheas poca falamh* (Nicholson 1951, 128); *Cha sheas am poca falamh ri balla* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 56); GÈ *Cha seasann sac falamh* (Hughes 1998, àir. 266); *Cha seasann sac folamh* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 712); *Ní fhéadfadh mála folamh seasamh ná cat marbh siúl* (Ua Maoileoin 1984, àir. 379); *Ní sheasann mála folamh le balla* (Ó Máille 1952, àir. 4224).

(46)

Chan e an là math nach tig 's e an droch duine nach fhuirich ris. (ÙR)

Coim. *Cha'n e 'n là math nach tigeadh, ach an duine dona nach fanadh* (Nicholson 1951, 108); *Cha b'e an là am fear nach tigeadh. The day will come, come who may* (Nicholson 1951, 81); GÈ *Anaидh fear sona le séan* (O'Rahilly 1922, àir. 345); *Ná cuir an mhaith ar cárde* (O'Rahilly 1922, àir. 204); *Fanann duine sona le sùn, agus bheir duine dona dubh-leum* (Hughes 1998, àir. 11); *Fanann fear sona le séan, ach tugann duine dona duibh-léim* (Ó Máille 1948, àir. 645); *An té fhuireos le lá maith, gheobhaidh sé lá maith* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 387); *Ná cuir maith ar cárde* (O'Rahilly 1922, àir. 204).

(47)

Gheobh thu *scent* an liom (/lionn ÙR) bho *saup* an tum. (ÙR, ABh)

Faic Dorian 1974, 119, far am faighear tair-sgrìobhadh fogharach den dearbh sheanfhacal. Faodaidh nach eil anns an fhacal mu dheireadh ach *tun* ‘buideal leanna’ sa Bheurla agus sa Bheurla Ghallda, agus an -*m* deireannach air tighinn bho -*nn* anns an dualchainnt, anns an aon dòigh ’s a thachair do *lionn* fhèin.

Coim. na tha ann am bailead sa Bheurla Ghallda, *There was nae drink but a soup/ I' the boddam o' a tun* (SND, 433).

(48)

Am fear a bhios talach anns a’ bhaile sa, cha bhi e ach talach anns a’ bhaile ud thall. (ÙR)

Coim. *Am fear a bhios carach 's a' bhaile so bidh e carach 's a' bhaile' ud thall* (Nicholson 1951, 11); *Am fear a tha cealgach sa bhaile seo tha e cealgach sa bhaile' ud eile* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 44); *GÈ An fear atá cam sa bhaile seo beidh sé cam sa bhaile thall* (Ua Maoileoin 1984, àir. 1737).

(49)

Am fear nach bi nì aige ri dhèanamh bi e a’ cur na cait san teine. (ABh)

Coim. *Am fear a bhios 'n a thàmh cuiridh e 'n cat 's an teine* (Nicholson 1951, 12).

(50)

Am madadh-ruadh a’ searmonachadh ris na clearcan. (ABh)

Am madadh-ruadh a’ prèisteadh gu na clearcan. (ÙR)

Coim. *Is math an là 'ni a' madadh-ruadh searmoin* (Nicholson 1951, 273); *Gleidheadh an t-sionnaich air na caoirich* (Nicholson 1951, 205; MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 102); *Gleideadh a' chlamhain air na clearcan* (Nicholson 1951, 202); BG *When the tod preaches take tent of the lambs*

(Ramsay 1979, 109); GÈ *An madarua i mbun na gcearc* (Ua Maoileoin 1984, àir. 2209).

(51)

'S dual do isean an ròn a dhol an aghaidh 'thòin gus na mara. (ÙRx)

Thèid isean an ròn an aghaidh 'thòin ris a' mhuir. (ÙR)

Coim. *Bu dual do isean an ròn a dhol an comhair a thòin chun na mara* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 97); *Bu dual do isean an ròn a dhol thun na mara* (Nicholson 1951, 71); GÈ *Céard a dhéanfadhbh mac an chait ach luch a mharbhù; Sé dùthchas na lachan snámh* (Ó Máille 1948, àir. 1958); *Dùthchas na heilite leanas an fiadh* (Ó Máille 1948, àir. 1966a); *Tiocfaidh an dùthchas tríd na crúba 7 leanfaidh an cù girrhiadh* (Ó Máille 1952, àir. 4580); *Gach dalta mar oiltear* (O'Rahilly 1922, 4); *Cad do dhéanfadhbh mac an chait acht luch do mharbhadh* (O'Rahilly 1922, 10).

(52)

Tha a chas air a ghualainn. (ÙR)

.i. Tha an duine sin a' sìor għluasad mun cuairt.

Coim. GÈ *Nuair atá mo hata ar mo cheann, tá sclátaí ar mo thoigh; Nuair atá do bhearrad ar do cheann, tá díon ar do thoigh; Nuair atá sop in do bhróga, tá bia ag do chuid eallaigh* (Ó Muirgheasa 1976, àir. 758).

OILEAN AGUS FOGLAM

(53)

Millidh dànadas oilean. (ÙR)

Coim. *Thig dànadas gu droch oilean* (Nicholson 1951, 366; MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 47); *Millidh dànadas modh* (Nicholson 1951, 31; MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 47).

(54)

An car tha san t-seanna mhaide tha e duilich chur às. (ÙRx)

An car tha san t-seanna mhaide tha e duilich air thighinn às. (ÙRx)

An car tha san t-seanna mhaide tha e duilich e thighinn às. (ÙRx)

Coim. *An car a bhios 's an t-seana mhaide 's duilich a thoirt as* (Nicholson 1951, 26) air a bheil iomradh ann an sr. 101–04 den dàm ‘An Geamhradh’ le Dùghall Bochanan: *Na labhair an sean-fhocal, / 's deimhin leam fior e, / 'An car théid san t-sean mhaid' / gur h-ainmic leis direadh*’ (Sinclair 1875, 133–34); GÈ *Nuair chruaidheann an tsalt, is deacair i shniomb (/ lùbadh)* (O’Rahilly 1922, àir. 343); *Nuair a chríonas slat, is deacair a sniomhadh* (Hughes 1998, 27; Ó Muirgheasa 1976, 922); *Is furasda an tsalt úr a fheacadh, / Ach is deacair an tsalt chríon a chasadh* (Ó Máille 1948, àir. 299).

(55)

Nach iomadh rud nì am foghlaim. (US)

Tha an seanspacal seo ga chleachdadh ann an Naidheachd 38, far a bheil amadan a’ toirt freagairt ghlic air ministear foghlaimte.

BEARTAS IS INBHE

(56)

Cha tig an còta fada gu h-uile neach. (ÙR)

.i. Cha bu chòir dha neach do nach eil e iomchaidh a bhith ga ghiùlan fhèin mar mhinistear.

Coim. *Cha tig an còta glas (al. fad') cho math do-n a' h-uile fear* (Nicholson 1951, 131).

(57)

A’ suidh gu h-usal air an dùthaich sa agus a’ pàigheadh gu sìorraidh. (IAx)

Coim. *Suidh gu h-ìosal, 'us diol gu h-uasal* (Nicholson 1951, 350).

(58)

Thig na tìmean air na tighearnan.

Coim. BG *When lairds break carles get land* (Ramsay 1979, 110; GM *Er ny ard-gheiney big ard-cherraghey* (Wood 1894, air. 17a).

X
GNÀTHASAN-CAINNT

AM FREASTAL

(59)

Eadar put is robh gheobh mise seachad e. (IAx)

.i. Le bhith a' putadh is a' roiligeadh an aghaidh nì air choreigin ris a bheilear a' strì, soirbhichidh le duine a dhèanamh.

Eadar put is robh tha thu glè mhath.

Thug Isbeil Anna an abairt seo dhomh mar mhìneachadh air a' chiad tè. Tha e follaiseach gur ann air gnàthas-cainnt sa Bheurla Ghallda a chaidh na dhà a stèidheachadh, faic Warrack 1988, 433 ‘putt and row, *n.* “great exertion”’.

Coim. BG *Atween putt and row I'm no' ill ava* (SND, 290, eisimpleir à Siòrrachd Chille Chuibeirt); GÈ *Ni seibhte air bith do bheith folamh* (Quiggan 1906, 195).

(60)

'S searbh an bhreacan (*recte* am brochan) tha mo nighean ag ithe. (ABh)

'S e seo a thuirt pàrant mun phòsadhlì mì-fhortanach a bha air a dhèanamh aig nighean dha. Tha e follaiseach nach e *breacan* ach *brochan* a bu chòir a bhith san abairt.

AN DÀN

(61)

Tha do eallach agad! (IAx)

‘Tha do thrioblaid fhèin ort?’

(62)

H-uile fear a chor fhèin.

.i. Tha a thrioblaid fhèin aig a h-uile neach! Theirear seo gus duine a tha a' fulang air dòigh air choreigin a bhrosnachadh.

(63)

Aran corc or aran (?)gheamhraidh.

.i. gabh sin air neo na gabh càil – *Hobson's choice* sa Bheurla.

Gàidhlig is Beurla air an cur troimh-a-chèile an seo.

DÀIMH

(64)

Tha iad ag ithe às an aon truinnsear.

FIALAIDHEACHD IS SPÒCAIREACHD

(65)

Cha tug e salainn gun a' chat. (ÙR)

Coim. *Cha dug thu salainn do'n a' chat* (Dorian 1974, àir. 125).

(66)

Cha toireadh e smugaid do neach sam bith. (ABh)

BEARTAS IS INBHE

(67)

Tha cus coin gun choileirean a' feitheamh air sin. (ÙR)

Coim. *Tha cus coin gun choileirean ann* (Dorian 1974, 126).

AN AIMSIR AGUS RÀITHEAN NA BLIADHNA

(68)

Bheir a' ghaoth seo biadh agus teine gu na Camaisich. (ÙR, ABh)

Tha seo a' cur an cèill gu bheil a' ghaoth a' sèideadh bhon àird a tha fàbharach do dh'iasgairean Bhaile a' Chnuic. 'S ann air a' chamas a tha ann am Baile a' Chnuic a tha seo a' toirt iomraidh. Dh'fhaodadh e bhith, ge-tà, gur e Canghaisich, .i. Clann MhicAonghais, agus nach e Camaisich, a bha sa ghnàthas-cainnt an toiseach.

Coim. GÈ *Gaoth ò dheas, teas a's toradh; Gaoth ò n-iar, iasg a's boinne;/ Gaoth ò thaith, fuacht a's feannadh;/ Gaoth ò n-ear, meas air chrannaibh* (Hughes 1999, àir. 469); *Gaoth Deas, teas 'us Torradh;/ Gaoth Niar, iasg 'us bainne;/ Gaoth Tuath, fuachd 'us gaillionn;/ Gaoth Near, meas air chrannaibh* (Ó Máille 1948, àir. 111).

(69)

Bidh am fitheach a' cur a-mach a theangaidh an-diugh. (ÙR)

Coim. *Am fitheach a' cur a mach a theanga leis an teas* (Nicholson 1951, 24). 'S aithne do mhuinnitir Thìr Chonaill an Èirinn an dearbh sheanfhacal, mar a mheasair bho: ... *agus mé ag amharc ar scaoth préachán ... Dá mbeinn i ndeas dóibh, d'fhéadfai go bhfeicfinn a dteanga amuigh acu leis an teas* (Ó Baoill 1992, 68) '... 's mi a' coimhead ri ealta fheannagan ... Nam bithinn dlùth riutha, dh'fhaodadh e bhith gum faicinn an teangan air an cur a-mach air sàilleabh an teas.'

(70)

Oidhche na trì suipearan. (ÙRx)

Tha seo a' toirt iomraidih air meadhan a' gheamhraidih, an t-àm dhen bhliadhna nuair as fhaide na h-oidhcheannan.

Coim. *Oidhche nan seachd suipearan* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 22; MacLeod 2005, 95).

CREIDEAMH

(71)

'S e Dia rinn sin dut!

.i. Nach tu tha sealbhach!

(72)

Bu tu mo għlug, cha b' e guth a' mhinistear! (ÙR)

Rud a bha ri ràdh aig duine àraig agus e ri òl aig an taigh san àm a bu chòir dha a bhith san eaglais ag èisteachd ri searmon a' mhinisteir.

(73)

Chuir e sgleò an fhir-mhillidh air. (ÙR)

.i. Chaidh a mhealladh leis an Diabhal.

(74)

Dhàibhidh, Dhàibhidh, tha an là a' tighinn nach bi iad ag iarraidh thu! (IAx)

'S e èildear ionadail (bràthair ùghdar 'An Linnet Mhòr', d. 185) a thuirt a thaobh nan Salm gun tigeadh linn anns nach biodh iad air am meas tuilleadh.

(75)

Ièsu air a cheusadh: do na Iùdhaich ceap-tuirslich, do na Greugach amайдеas. (ÙR)

Coim. 1 Cor 1, 23 'Ach tha sinne a' searmonachadh Chrìosd air a cheusadh, na cheap-thuislidh do na h-Iùdhaich, agus do na Greugaich, na amaideachd.'

(76)

Cha do chuir e an t-urram an t-Sàbaid¹ air fhèin. (UR)

Tha *urram* a' ciallachadh gu bheil duine air a dheagh sgeadachadh airson Là na Sàbaid.

(77)

Ministear nan cearc. (IAx)

'S e seo a thuirt cuideigin mu èildear a chaidh ministear a ràdh ris air mhearachd.

Coim. *Ministeir maide* (Nicholson 1951, 316).

(78)

An Diabhal bochd, tha h-uile neach na aghaidh ach mi fhìn.

'S e duine eirmseach às na bailtean a thuirt seo an toiseach, a rèir cuimhne nan daoine.

ABAIRTEAN A' DÈANAMH FEALLA-DHÀ MU THOGAIL FUINN

(79)

Fàg an t-airgead air a' bhòrd is bheir Seònaid duibh an liom. (ABh)

A rèir mar a bha Isbeil Anna is a co-luchd-aoise ag ràdh, 's ann le bhith a' dèanamh adhraidh còmhla a chuireadh gach teaghlach crìoch ri gnothaichean an là ri linn an òige. A h-uile h-oidhche, mun tugadh muintir an taighe aghaidh air an leabaidh, 's ann a sheinneadh iad salm – no earrann às – agus ceann an taighe na fhear togail fuinn aig càch. 'S e a' gabhail caibideil a chante ris an adhradh seo. 'S e a theirte ri Isbeil Anna na h-òige, is rabhadh ga

¹ Leugh *urram na Sàbaid*.

thoirt don teaghach gun robh de thìde aca a dhol a-steach airson an deas-ghnàtha seo, ‘Cuiridh sinn an tughadh air an taigh! ’S e an naidheachd a chaidh a innseadh mun t-sreath a tha air a aithris shuas gun robh duine àraig aig an robh taigh-seinnse a’ dùanamh adhraidh mar seo maille ri theaghach, nuair a thàinig fear air choreigin an rathad ag iarraidh deoch. Gun bhriseadh idir dha air an fhonn a thogail, ’s ann a sheinn fear an taigh-sheinnse na dearbh fhaclan gu h-àrd-ghuthach bhon t-seòmar air an taobh a-staigh.

(80)

Tha an ceann an sin, na casan fom bòrd.

Anns an naidheachd a buineas ris an t-sreath seo (àir. 76), ’s e feòladair a tha a’ dùanamh an adhraidh le a theaghach, agus ’s ann a tha e fhèin ag èigheamh a-mach, mar gum b’ ann ann an togail fuinn, gus innse don fhearr a tha air tighinn gus a’ bhùth, càit am faigh e na gnothaichean a tha bhuaithe.

(81)

Tha sùith air an loidhne is cha lèir domh i. (ÙR)

Tha sùith air an loidhne is chan urrainn dhomh leughadh. (ABh)

’S e dà shuidheachadh air leth a tha seo de shreath a chaidh a chur às leth duine den teaghach – air neo aoigh anns an taigh. Chaidh na faclan seo a sheinn an àite earrann à salm nach b’ urrainn a leughadh air sàilleabh salchair a bha air an leabhar.

GIÙLAN

(82)

An do chuir e mach ceò fhathast? (ABh)

.i. An do dh’èirich duine às an leabaidh anns a’ mhadainn fhathast?

(83)

Cha bheir aireachas air t' aireachas.

Coim. *Cha bheir aireachas air toileachas* (Dorian 1974, 124);
Nan tugadh aireachas air ais, cha dèanadh neach na b'aireach leis (Nicholson 1951, 367).

(84)

Tha an doras agad ri baile. (ÙR)

Coim. GÈ *Bhí an doras foscailté béal le h-Éire* (Hughes 1998, àir. 256).

BEANNACHAIDHEAN

(85)

Cùm an-àirde do chridhe ged a bhiodh do thòin a' slaoid air an talamh.

Cùm an-àirde do chridhe ged a bhiodh do bhrù a' slopaigeadh air an talamh.

Bhite a' cantainn seo gus duine a chaill a dhòchas a bhrosnachadh. 'S e facal-iasaid bhon Bheurla a tha ann an *slopaig*, coim. Warrack agus Grant 1971, 531: *sloop* '(with *doun*) to descend obliquely'.

(86)

B' ann a chaitheas tu iad le do shlàinte! (ÙR)

'S e seo a chante ri duine a bhiodh air brògan ùra no a leithid a fhaighinn.

Coim. GÈ *Go mairir is go gcaithir e!* (Ua Maoileoin 1984, 60).

(87)

Beannachd Dhè air an fhàrdaich! (ABh)

Coim. GÈ *Go mbeannaí Dia anso isteach* (Ua Maoileoin 1984, 57).

(88)

Beannaich sibh thàinig gus an fhàrdaich! (UR)

'S e seo an fhreagairt a gheibheadh duine air dha am beannachadh ro-ràidhте (àir. 87) a chantainn.

Coim. *Dé beatasa (id shláinte)!* (Ua Maoileoin 1984, 57).

(89)

H-uile là a chì is nach fhaic! (ABh)

H-uile là chì 's nach fhaic 's ach uile là a chì sinn! Deoch-slàinte mo charaid nì sinn òl gach uile là chì sinn. (ABh)

Deochan-slàinte traideanta a tha a' buntainn ris a' Challainn. 'S e suidheachadh nas coileanta a tha san dàrna tè.

(90)

Seochaibh¹ duibhse agus do nu cuideachd airson cho coibhneil bha sibhse agus nu cuideachd duinne agus do na cuideachd! Agus dar bhios sinne agus na cuideachd cho beartach agus tha sibhse agus nu cuideachd bheir sinne agus na cuideachd an rud thug sibhse agus nu cuideachd duinne agus do na cuideachd. (IAx)

[nu = ur; na = ar]

'S e deoch-slàinte a tha seo a tha a' gabhail taing don dàrna teaghlaich a thug cobhair do theaghlach eile nuair a bha iad feumail oirre. 'S ann bho bhoireannach a chuir seachad a beatha ag obair air falbh bhon dùthaich agus aig an robh an

¹Deireadh an dara pearsa iomarra den mhodh àithneach -ibh air a chur ris an riochdaир shònachaidh seo. Coimeas GÈ *amachaí, anuasaigí!* (de Bhaldraithe 1953, 69); *gabh i leithigí* (Stockman 1974, 80). Tha mi taingeil don Ollamh Roibeard Ó Maolalaigh, Roinn na Ceiltise, Oilthigh Ghlaschu, a rinn an cruth seo a shoilleireachadh dhomh.

cànan cha mhòr air a dhìochuimhneachadh a fhuair mi an tè seo. A dh'aindeoin sin cha robh cuimhne air an deoch-slàinte seo aig neach sam bith eile ris an do thachair mi. Ged a tha coltas dualchainnt an àite air an earrainn seo, chan eil mi air eisimpleir eile den chruth *seochaibh* fhaighinn.

(91)

Gum¹ math bhios sibh mar an ceudna! (IAx)

'S e freagairt a tha seo a bheirear air facal taing.

(92)

Dia bhith maille ruinn is gach neach! (ÙR)

(93)

Dia gun glèidh sinn!

.i. Thathar ag iarraidh cobhair Dhè anns an àm a bhios cunnart no airc ann.

(94)

Dia gun ullaich domh!

Nuair a bhiodh na bana-mharaichean a' dol air falbh a chreic an cuid èisg, 'shuidheadh iad air a' chlach-[mhìle] agus chanadh iad "Gun ullaich Thu an rud daibh!" Gheobhadh iad saorsainn. "Dia gun ullaich domh!" [a chanadh iad] agus dh'ullaich Dia daibh.'

(95)

Guma fada bhios sibh a' tighinn! (IAx)

Beannachadh a chante ri aoigh taitneach gum biodh e a' tilleadh chun an àite gu tric.

¹ Guma.

(96)

Dia gabh truas ruinn!

'S e *God comfort us!* an t-eadar-theangachadh Beurla a bha air an fhear seo gu h-ionadail. Bhite a' cantainn seo nan robhas a' saoilsinn gun robh cunnart sam bith mun cuairt, m.e. an t-sùil chronachaiddh.

(97)

Tì nam ais!

.i. Gun robh Dia làmh rium! 'S ann air Dia a tha *Tì* a' toirt iomraiddh an seo, an aon rud ri *Tè*, *Tè/Tì Mhòr*, faic Watson 2000, 73.

Coim. GÈ *Mhuise, beannacht Dé dhuit!* (Ua Maoileoin 1984, 59).

(98)

Thighearna nan Gràs!

Clisgear a tha seo a chante nuair a chitheadh no a chluin-neadh duine nì ris an gabhadh e iongantas.

(99)

Mionna Dhia!

Mionnam air!

'S e abairtean a tha seo a chleachdar gus dearbhadh don luchd-èisteachd gur e an fhìrinn a thathar ag innse. 'S e a' cheud phearsa eachdraidheil den ghnìomhair a tha ann am *mionnam*¹, ach dh'fhaodte gur ann ris a' mhodh àithneach a tha e a' buntainn.

¹ Coimeas an t-òran 'Soraidh leibh' agus na facail *Guidheam slàinte ghnàth bhith mar ribb*.

MOLAIDHEAN

(100)

An leanabh 's fheàrr a rugadh anns na Trì Port Mara. (IAx)

'S e faclan a tha seo a chanadh màthair mu a pàiste an dèidh dha a ghiùlan fhèin air dòigh a bha air leth modhail no taitneach.' S iad na trì bailtean-iasgaich le chèile air a bheilear a' dèanamh luaidh an seo: Baile a' Chnuic, Baile an Todhair agus Seannduaig, ris an canar gu h-ionadail ann am Beurla *The Seaboard Villages*.

(101)

Nach math gheobhar thu!

Faclan a thèid a ràdh nuair a chluinnear bho dhuine mu nì fortanach a tha air tachairt dha. Thathar gan cleachdadhbh gu h-ìoronta uaireannan.

Coim. *Is math gheibhear thu* (Dorian 1978, 119; GÈ *Is méanra duit* (< MG *mo-genar*; Quiggin 1906: 89)).

DROCH GHUIDHEAN/ MASLADH

(102)

Droch shiubhal ort!

.i. Gun robh droch thuras agad, .i. an ifrinn ort! Gus guidhe gum biodh droch fhalbh bhon t-saoghal seo, .i. droch bhàs, aig duine air choreigin.

Coim. GÈ *Droch-chrích ort!* (Ua Maoileoin 1984, 72).

(103)

Tha na seachd diabhlann ionnta.

Tha an gnàthasan-cainnt seo a' toirt tarraing air a' chreideamh a thàinig bhon Bhìoball, coim. Mata 12, 45, gum biodh

diabhail air còmhnaidh a gabhail ann an daoine nan robh iad gan giùlan fhèin air dòigh a bha air leth crosta no coimheach.

(104)

Gu dè tha siud ach rud a dh'fhàg a' mhuir! (ÙR)

Buinidh am fear seo ris mar a bhathas a' creidsinn anns an t-seann saoghal gum biodh e an dàn do dhaoine àraig gun rachadh am bàthadh agus gun dol às idir aca. Thathar a' cur an cèill leis an abairt seo gu bheil an neach mun a bheilear a' bruidhinn cho dona is nach gabhadh a' mhuir fhèin e, fiù 's nan robh e an dàn dha a bhith air a bhàthadh. Bhathas a' làn chreidsinn gun robh teaghlaich ann am Baile a' Chnuic dom b' ainm Pàisteanach (muinnitir *Patience* ann am Beurla) nach gabhadh am bàthadh a rèir dualchais seach gur ann de shliochd na maighdinn-mara a bha iad.

(105)

Itheadh e mo chac!

Siubhail is ith cac!

Siubhail is ith guail!

'S e duine a tha air a shàrachadh uile gu lèir a chanadh seo ri neach a bha air dragh a chur air.

NA MEÒIREAN

(106)

An òrdag; an teanabhang; an t-seaman fada; am mada' fada; an crìonag. (ABh).

An òrdag; an clearbag; an t-seaman fada; am madadh fada; a' bhìdeag. (IAx)

'S e 'earball' a tha *seaman* a' ciallachadh an dualchainnt an àite agus tha e follaiseach gu bheil *bhid-* agus *crion-* a' cur an cèill lughad na lùdaige.

Coim. na h-ainmean a leanas à ceàrnaidhean eile de dh'Alba:

1. corrag, calgagaidh;¹ sgealbag, sgolbag, sgolagag, calagag;² sgealbag, toltag, balbhag;³ 2. meiri fhada/fada, meiri meadhán, meur meadhán;¹ meur a' mheadhain, fionnafad, Fionnladh Fada, Màiri Fhada;² an gunna fada, ceannafead, gille fada;³ 3. mac an aba, meur a' lùdán;¹ mac-anaba, màthair na lùdaig;² mac an aba;³ 4. fisteagaidh, meiri 'lùdán; lùdan;¹ lùdag, lùdan;² lùdag bheag an airgid, plaosgag, caoiteag.³

A thaobh ainmean na meòirean ann an Èirinn, coim. 1. *an dheardog, cealgoigín* (Maigh Eo); 2. *méar fhada/ mhór* (Dùn nan Gall, Lú, A' Ghailmhinn, Luimneach, Tiobraid Árann, Port Láirge), *tall man* (Aontraim, An Clár), *Long Tom, Longman* (An Cabhán, Ciarraí, An Iarmhí, An Longfort, Baile Àth Cliath), *Longfellow* (An Iarmhí), *Longboy* (An Longfort), *Tallman High* (Corcaigh), *dealbhan/ dealbhóig* (Port Láirge); 3. *Fionn fada* (Dùn nan Gall), *an chealacog* (Maigh Eo), *mac an dara/ dada/ dala/ rada* etc, *an madaralla* (Ciarraí), faic Ó Súilleabhaín 1944, 166–80.

DAOINE

(107)

A' chroich a thog Murdachaidh airshon Hàman [*recte* a thog Haman airshon Mordecai] 's e fhèin a bha air a chrochadh air. (ÙR)

Gnàthas-cainnt a tha a' toirt tarraing air sgeulachd Mhordecai agus Haman bho Leabhar Ester anns an t-Seann Tiomnadha, caib. 3–10. Tha an sgeulachd sin a' cur an cèill mar a chaidh duine a ghlacadh le innleachd a bha air a h-ullachadh aige an aghaidh neach eile.

Coim. A' chroich a rinn Hàman do Mhordecai, fhuair a

¹ À Ros an Iar (Wentworth, 2003, 265). 'S e a bhios pàistean a' cleachdadadh a tha sa chìad eisimpleir no dhà anns gach roinn. ² Ruaraidh MacIlleathain, Eadar-lion (1). ³ BBC Alba, Eadar-lion (2). Tha na h-aon ainmean gu ire mhòir air an luaidh aig MacIlleathain agus NicPhàil 2005, 84.

chnàmhan fhèin sìneadh oirre (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 111); agus Seanfhacal 23 shuas.

(108)

Thug mi dòrn Ùistidh da. (ABh)

Mar a mhìnich nighean Isbeil Anna dhomh, tha seo a' cur an cèill gnàthais a bha ann gun toireadh an dàrna duine buille air an duine eile dìreach gus a bhuaireadh coltach ri sreup nam pàistean.

(109)

Dòmhnull sàmhach.

'S e seo a chanadh duine nuair a bhiodh coltas a' chadail ri fhaicinn a' tighinn air naoidhean.

SAMHLAIDHEAN

(110)

Bha e cho buidhe ri muileuda.¹

.i. Bha e cho lachdann ri mulatto.

(111)

Bha e a' feadarachd lodh uiseag. (ABh)

'Mar' as ciall don fhacal *lodh* aig a bheil am fuaimneachadh /lo/ san dualchainnt. 'S e *ludh* an litreachadh a tha aig Dwelly (1977, *s.v.*); thoiribh fa-near, ge-tà, nach eil aige ach eisimpleirean den fhacal a tha air an tarraig à Nicholson 1951, m.e. *ludh an spioraid*, *ludh an t-sneachda* (336).

(112)

Cho bog ri cluais laogh. (ÙR)

¹ Mar /mə 'ledə/ a thathas a' fuaimneachadh an fhacail seo.

(113)

Cho cruidh ris na talaban.

.i. ri reangan bàta.

(114)

Cho tric 's tha an fhalt air do cheann.

Coim. *Cho tric 's a tha fiacail 'ad cheann. As often as there's a tooth in your head* (Nicholson 1951, 158).

(115)

Tha e ceart cho faoin ris na faoileagan. (ÙR)

(116)

Tha mi cho tinn ri seann mhuc.

(117)

(Bios a' chlach ann) cho fada is tha (?)timil air na mucanan.

.i. gum bi clach no rudeigin ann gu bràth. Chan eilear cinnteach às a' chuid mu dheireadh, ach tha e coltach gur ann a-mach air mucagan a tha i, coim. *LAS* d. 114 *hips: muckans, muckies* (Ros is Crombadh), *moukans* (Gallaibh). Coim. *An uair a theirigeas gach meas, 's math na mucagan* (Nicolson 1951, 45).

(118)

Thigeadh iad às air snaidhm loisg'.

Bhiodh feedhainn ann an cunnart ag iarraidh faighinn às ged nach biodh grèim aca ach air ròpa anns am biodh snaidhm loisgte, .i. bhiodh cothrom math ann gum briseadh e.

AN T-OS-NÀDAR

(119)

'S e seo an làimh gun ful is gun feòil tha ag iarraidh thusa, a thàilleir. (ABh)

'S e earrann a tha seo à seann sgeulachd a bhite ag innseadh anns an dùthaich. Cha chreid mi nach eil cuid dhith a' nochdadhdh ann an Naidheachd 137 – às aonais na h-abairt seo – ged a bha Isbeil Anna ag ràdh rium gur ann bho chaileig à Steòrnabhagh a chuala i fhèin i.

(120)

Cha ruig thu leas a bhith a' còineadh: cha d' rinn Kaiser pileir nì cron do do mhac ann an seo. (ABh)

'S ann a thuirt ban-fhiosaire ionadail na faclan sin ri boir-eannach às an àite. Bha i air ortha a dhèanamh airson mac a' bhoireannaich a bha siud nuair a bha aige ri falbh na shaighdear gus an Cogadh Mòr.

Coim. Polson (1932, 158) agus MacDonald (gun cheann-là, 19–20) aig a bheil iomradh le chèile air naidheachd anns an deachaidh seun a chleachdadadh ri linn blàir.

AMALAIDHEAN-CAINNT

(121)

Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh. (ÙRx)

'S e àite beag nach eil tuilleadh is fada bho Bhaile an Todhair a tha ann am Baile a' Bhealaich. 'S e *Broomton sheep eating broom in front of Broomton* an t-eadar-theangachadh Beurla a bha aig an flear-aithris fhèin.

(122)

Cha robh reithe ruadh a-riamh reamhar.

Coim. *Cha robh reithe leathann liath riabh reamhar* (Nicholson 1951, 137); *Cha robh laogh ruadh riamh luath 's cha robh laogh luath riamh reamhar* (MacIlleathainn agus NicPhàil 2005, 95).

AN CÀNAN

(123)

Tha dùrd na fhacal sa Ghàidhlig.

.i. 'S e seansfhacal a tha ann anns a' Ghàidhlig.

Tha an dùrd e fhèin ann. (IAx)

.i. Tha an seansfhacal fhèin ann. Mar as trice, tha *durd* a' ciallachadh 'guth, falal' ann an Gàidhlig Mhachair Rois, an aon rud ri dualchainntean eile, m.e. *Cha tuirt e dùrd* 'Cha tuirt e falal sam bith'.

ÀITEAN IS LUCHD-ÀITEACHAIDH

(124)

Na 'Thilgean' is na 'Piligean'. (ABh)

.i. Sluagh Bhaile a' Chnuic. Tha e coltach gur ann air atharrais na h-abairt *higgledy-piggledy* sa Bheurla a chaidh am far-ainm seo a dhèanamh agus gun robhar a' cluich san aon àm ris an fhacal 'tilg', a' toirt a chuimhne mar a tha cùl a' bhaile air a chrioslachadh mun cuairt le cnuic ìosal.

(125)

Na Dubhain. (ABh)

.i. Sluagh Bhaile a' Chnuic. 'S ann air gnothaichean iasgaich a' bhaile a thathar a' dèanamh luaidh leis an fhacal 'dubhan'.

(126)

Seannndlairean. (ÙRx)

.i. Sluagh Sheannduaig.

(127)

Sgalltairean. (ÙR)

.i. Sluagh Bhaile an Todhair.

(128)

Slaiteirean. (ÙR)

.i. Sluagh Sheannduaig. Bha seo a' ciallachadh gur e fireann-aich àrda, chaola a bha anna, a rèir an flir-aithris; coim. *slat* sa bhrìgh 'stob'. A chionn gur e iasgairean a bha anna, bhiodh cluich an seo ri slat-iasgaich cuideachd.

(129)

Abaich. (ÙR)

.i. Sluagh Bhaile an Todhair. Tha an t-ainm seo a' toirt a chuimhne an ama sam biodh port aig manaich às a' Mhanachainn ann am Baile an Todhair.

(130)

Bàrdanaich. (ÙR)

'S e sin an fheadhainn a tha a' còmhnaidh anns a' Bhàrd (*The Park*), an t-sràid as fhaide gu deas a tha ann am Baile an Todhair.

(131)

Gollachan. (IAx)

'S e duine à Gallaibh a tha seo a' ciallachadh gu litireil. Tha cuimhne aig fear às an Inbhir, nuair a bha e glè òg, gun do mhaslaich nàbaidh e le bhith a' cantainn 'Gollach grànda' ris, a' cur an cèill dha gur ann a-nuas à Gallaibh a thàinig na sinnsirean aige. Tha e coltach gum faodadh facial air choreigin eile a bhith air a mheasgachadh ri Gallachan (meanbh riochd de 'Gallach') agus gun robh am facial a bha sin a' ciallachadh nàdar de bhòcan, coim. ghnàthasan-cainnt anns an àite leithid *Tilg a-mach e do na goireachan* (?)god e; *tilg a-mach e: ithidh na coileachan/goireachan* (?)god e; *dh'fhalbh an duine ud do na goireachan* (?)god (/goileachan gods). 'S ann mar *little black dwarfies* a bha Isbeil Anna agus a nighean a' toirt

tuairisgeil air an fheadhainn cheudna ann am Beurla, agus 's e ainm eile a bha aca orra anns an aon chànan ach *the Gallies*. Faic cuideachd Seanfhacal 18 shuas agus an tarraing air a' *Ghaibhleán Gabha* ann an Gàidhlig na h-Èireann.

(132)

Ceapaire 'Tàlaich'. (IAx)

Coim. Dwelly *s.v. ceapaire-Sàileach*, gnè bidhe à Cinn t-Sàile, anns am biodh a' cheart uiread de dh'ím is de chàise ach gun aran sam bith ann. San àite seo, ge-tà, thathar a' creidsinn gur ann bho bhoireannach de Chlann nan Sginnearach (feadhainn air an robh am far-ainm 'na Tàlaich' gu h-ionadail) a fhuair an ceapaire àraid a aimm. 'S e caob de dh'aran fo a shàth de dh'ím a bheireadh i na dhìoladh do phàiste sam bith a rachadh air ceann-gnothaich di.

(133)

Creid thu mis', chan eil e faras,
 Creid thu mis', chan eil e faras,
 Creid thu mis', chan eil e faras:
 'Dol a chabadh 'n Èiphit. (ÙR)

Ceathramh aoireil a chaidh a dhèanamh mun dubh-chosnad a bha a' buntainn ri tuathanas àraid san àite. Thugadh 'an Èiphit' mar fhar-ainm air an tuathanas an dèidh braighdeanas Chloinn Israel san t-Seann Tiomnidh.

(134)

Dòrnach a' *bheach*, Goillspidh an gort. (ÙR)

.i. Dòrnach na tràghad.

Coim. *Baile Dhubbhthaich bhòidbeach, 's Dornach na gorta, / Sgiobal nan ùbhlann, 's Bil an arain choirc; / Euraboll nan adagan, Dunrobain a' chàil, / Goillspidh nan sligean dubha, 'us Druim-uidh an t-sàil* (Nicholson 1951, 47); *Goillspidh goirt,*

*'g ith a' mhin a' choirc',/ Eunabal dhubbh, 'g ith na sligean dubh;
 Baile Dhubbhthaich bòidheach,/ Dòrnach na goirt,/ Goillspidh
 na sligean dubh,/ Brùra min choirc* (Dorian 2000, 412). Tha
 e air aithris aig Taylor (1882, 96) gun robh rann aoireil air
 mhaireann ri linn fhèin anns an robh iomradh air roinn de
 dhaoine à Baile Dhubbhthaich mar *Na bodaich gòrach/ Sior òl,*
's ag iarraidh tuille. Chan eil an còrr agam fhìn den rann a
 bha siud.

(135)

Thèid sinn, thèid sinn thairis air an t-sruth,
 thèid sinn, thèid sinn gu Dòrnach.
 Chì sinn na beanntaichean 'glèidheadh sneachd an geamhraidh
 chì sinn na caileagan bòidheach. (ÙR)

Ceathramh a bhiodh pàistean ag aithris.

(136)

Chuir mo mhàthair mi gus an tobar
 Aig iaraidh rud nach fhaigheadh càch.
 Bhris mi am pigean 's dhòirt mi am bàrn.
 Carson nach rachadh i fhèin ann?

Ceathramh traidiseanta a bhiodh ga sheinn gu h-ionadail.

XI
'AN LINNET MHÒR'

Ann am mìos stoirmeil dhoineannach an Fhaoilteich, 1843, thachair gun tainig trioblaid air soitheach dam b' ainm an *Linnet* air na creagan a-mach bho chosta tuath air Baile a' Chnuic. Seach gun do chaill cuid de dh'fhireannaich an àite (daoine pòsta nam measg) am beatha, is iad a' dèanamh oidhirp gun fheum air a' bhàta a thàrrsainn, mhair na thuit a-mach ann an cuimhne muinntir na dùthcha – ged nach urrainn a ràdh idir gun deachaidh cunntas a bha iomlan no pongail a chumail a thaobh h-uile nì.

Gheibhear dà thuairisgeul ghoirid air an tachartas bhon bheul-aithris ann an Naidheachd 142; 's ann aig toiseach nan 1870an agus aig deireadh nan 1880an, mu seach, a rugadh an luchd-aithris a bha agam. Tha na h-aithisgean air an tubaist a tha rim faighinn ann am pàipearan-naidheachd an ama a' dearbhadh agus a' coileanadh na tha air a ghleidheadh an cuimhne nan daoine – mur ann orrasan a bha seo air a stèidheachadh. Tha na leanas na thuairisgeul a chaidh a chur san *Edinburgh Evening Courant*, Diardaoin 19mh den Fhaoilteach, a bha na leudachadh air geàrr-chunntas a chuireadh an clò ann an deasachadh na seachdaine roimhe ('s e lethbhreac a bha sna dhà dhiubh de dh'aithisgean a nochd anns an *Ross-shire Advertiser*). A rèir an èolais a tha sa phàipear-naidheachd seo, tha e coltach gur ann Diciadain 4mh den Fhaoilteach a bhàthadh na daoine.

... Tha co-sgrìobhaiche a' cur brath thugainn mar leanas: 'Air don Linnet à Sunderland, is i air a claoadh le droch aimsir, a bhith air a sparradh air na creagan fo Thaigh Chadaboil bho chionn ùine mhath, 's ann a cheannaich dithis iasgairean à Baile an Todhair, maille ri tuathanach a bha an companas leotha, slige a' bhàta ach an cuireadh iad an òrdugh is air ghleus i uair eile airson na mara. Rinn iad feum air a h-uile rud a rèir an innleachd fhèin, ag ùisneachadh bharaillean

falamh, gus an long a thogail bhàrr nan creagan ach cha deachaidh leotha idir. Dh'fheuch iad an uair sin ris a' bhàta briste a chur suas air a' chladach, anns an dearbh àite, os cionn a' mhuir-làin, ach dh'fhàilnich orra gu h-iomlan san oidhirp sin, is saothair a' chiad là ga sgrios an ath-là leis an ròd. B' e an ath innleachd gun rachadh an dara bòrd-luinge a chur ris an t-slige. Rinneadh seo gun dàil, agus chaidh aca air a cur air flob sa chuan, is iad a' cur romhpa a bhith ga draghadh le ròpaichean siar gu bàgh Bhaile an Todhair. Timcheall air dà uair feasgar air an 4mh là den mhìos, is tòrr mòr de luchd-dàimhe na feadhna a bha air an long a cheannach gan cuideachadh gus an t-slige a tharraing le bàtaichean a dh'ionnsaigh a' chamais ro-ràdhte, chaidh aca air a slaodadh air feedh beulaibh a' bhaile-iasgaich, Baile a' Chnuic. Seach gun robh an oidhche dhorcha ghruamach stoirmeil air tuiteam mun àm seo, thilg iad a-mach an acair far an robh iad. Bha dà eathar bheag ri taobh a' bhàta bhriste, is air dhaibh toirt fa-near gun robh an soitheach a' falbh leis an t-sruth, 's ann a shlaod iad a-steach an t-slabhraidh às aonais na h-acrach, a chionn is gun robh an acair, gu mì-fhörtanach, air dealachadh rithe; ach cha bu lèir dhaibh aig an ìre sin dè an cunnart a bha a' teannadh riutha. Bha dithis dhiubh ann, ge-tà, mothachail don t-suidheachadh ghàbhaidh san robh iad agus, air dhaibh leum a thoirt a-steach do thè de na geòlaichean a bha ri taobh an t-soithich, 's ann a thog iad orra a dh'ionnsaigh a' chladaich, is e na làn rùn aca an talamh a ruighinn slàn. Ri linn a' chruaidh-chàis a bha seo, dh'iomair an dithis eile an aon gheòla a bha air fhàgail a dh'ionnsaigh a' chladaich, is iad a' miannachadh acair a bha na laighe air an tràigh fhaighinn. Cha mhòr gun do ràinig tè den dà bhàta an cladach nuair a thòisich doineann eagalach anns nach dùraigeadh duine sam bith cur gu muir ach an tilleadh iad chun na slige, agus chaidh fear den luchd-sheilbh, maille ri sianar eile, fhàgail oirre, mo thruaighe, is gun neach dhiubh ri fhaicinn a-chaoiudh tuilleadh. 'S e ceathrar dhaoine pòsta

à Baile an Todhair a chaidh air chall, còmhla ri triùir à Baile a' Chnuic. Às a h-uile call chruaidh is mulad mhòr air a bheil cuimhne anns na bailtean aig an fheadhainn as sine, cha robh sgeul a-riamh roimhe air daoine a bhith a' caoidh is a' dèanamh tuiridh cho mòr 's a tha anns a' bhaile seo an ceartuair.

'S e an aon choltas a tha air na h-aithisgean anns an *Inverness Courier* air an 11mh agus an 18mh den Fhaoilteach sa mhòr-chuid de mhion-phuingean, ach gu bheil iomradh aig an dàrna tè air bàta ga cur chun na mara gu h-aithghearr an dèidh sin air tòir nam fireannach a bha air chall agus gu bheil cunntas aig an tè eile air crìoch na mòr-thubaist mar a leanas:

... Cha robh oidhirp sam bith nach deachaidh a dhèanamh gus an sàbhaladh ach chan fhacas a-riamh tuilleadh iad. Tha e ro fhollaiseach, tha eagal oirnn, dè a thachair dhaibh, bhon a chaidh an t-slige a sparradh air Tràigh Bhòinndidh faisg air Banbh, is i bun os cionn, Diluain na seachdain seo chaidh, rud a tha a' ciallachadh gun deachaidh a siabadh ann an trì no ceithir a làithean tarsainn air beul Linne Mhoireibh. Tha fathannan eile air ar ruighinn. Thathar ag ràdh gun d' fhuair bàta a chaidh a chur gu cladach Mhoireibh sgeul air an t-slige faisg air a' Bhròch, is dà neapaigear ris a' chrann. Tha fathann eile ag innseadh gun do chuireadh an corp aig aon de na fireannaich air tir anns a' cheàrnaidh ud. Ged as ro fhann an dòchas gu bheil gin de na truaghain a' mairsinn beò, tha na teaghlaichean aca fo mhulad mòr is ga dhlùth-leantainn gu dian.

Ged nach eil na h-aithisgean sin ag innseadh meudachd an t-soithich, 's e a' chuimhne a tha fhathast a' dol anns a' choimhearsnachd gun robh i mòr – tha iomradh air 150–160 tonna ann am fear de na tuairisgeulan ionadail. Gidheadh, tha de Theisteanasan Clàraidh Bhreatannaich airson an dearbh shoithich, a bheir cothrom dhuinn am fiosrachadh ceudna is

èòlas eile fhaighinn a-mach, a' gabhail a-steach nota gun robh am bàta mì-shealbhach air bhith na h-èiginn air an aon chosta mu thràth, oir chaidh a tilgeil air a' chladach aig Baile MhicDhubhaich air an 23mh den Ghearran 1836. Tha cunntas oirre anns an teisteanas mu dheireadh a chaidh a dheònachadh (Àir. 158, 30mh den Dùblachd 1841, BT107 – 278), gun robh 58 tonna de chudrom innte, gur e George Little à Monkswearmouth, Co. Durham, a bha na fhear-sgrùdaidh an rathad-iarainn, an duine am bu leis i, agus gur e John Bainbridge an sgiobair. Tha e ga innseadh cuideachd gur e Port Sunderland an gàrradh shoithichean san deachaidh a togail, agus tha an tuairisgeul a leanas air a chur ris à Teastanas Clàraidh Àir. 253 (air a dheònachadh air an 22mh den Ògmhìos 1837): 'aon bhòrd-luinge, dà chrann, 52.9 troigh de dh'fhad, 16.2 troigh de leud, 9.4 troigh de dhoimhneachd, *schooner*, air a h-uidheamachadh le spreòd suidhichte, ceann-deiridh ceàrnach oirre, na clàir oir ri oir [gun a bhith nan laighe thairis air a chèile], gun aon chuid lobhtaichean no ìomhaigh-toisich.' Tha deireadh an tuairisgeil ag innseadh gun deachaidh am bàta 'air chall a rèir liosta na bliadhna 1842. Chaidh an soitheach a bhriseadh faisg air Inbhir Nis a rèir Liosta Muinntir Lloyd air an 2ra den t-Samhain 1842.' Ged a tha na clàraidhean oifigeil a' solar mòran den mhion-chunntas a tha a dhìth, tha e follaiseach gu bheil iad gar mì-threòrachadh a thaobh ceann-latha an long-bhrisidh fhèin, agus cha mhotha gu bheil iad ag innseadh dè bha anns an luchd a chaidh fodha. Mar a chaidh innseadh ann an Naidheachd 142, b' e a' chuimhne a bha aig sluagh nam bailtean gur e coirce, no 's math dh'fhaodte eòrna, a bha ann. Seach gun robh an soitheach a' tighinn is a' falbh bho sgìre mèinneadaireachd ann an ear-thuath Shasainn, is math dh'fhaodte gun robh i ag aisig guail a cheann an ear-thuath na h-Albann is a' tilleadh le toradh ionadail, leithid coirce, gu deas air an t-slighe dhachaigh. Gu dearbh, bha cuimhne aig tè den luchd-aithris agam gun deachaidh innseadh gur ann mar sin a bha. Na chomharradh air sin, tha naidheachd aig a' phriomh neach-aithris agam (Naidheachd 45) ag innseadh mar a thàrr i ri linn a' Chogaidh Mhòir, gun chobhair bho neach sam bith eile


(ged a bha i trom aig an àm), tonna guail a chaidh a sparradh air a' chladach bho shlige bàta-smùide a chaidh an sàs an ire mhath san aon àite far an deachaidh an *Linnet* fodha.

Tha e coltach gun do rinneadh othail mhòr air feadh na dùthcha a chionn briseadh an *Linnet* agus nan oidhirpean gus a cur air bhog a-rithist. Bha naidheachdan a' dol timcheall, mar eisimpleir, mu dhaoine às an àite, is brogachain òga nam measg, a chaidh air bòrd na slige nuair a chaidh a leigeil ma sgaoil ach am biodh beagan fealla-dhà aca; is dh'innis fear-aithris dhomh gun d' fhuair sinnsear dha air falbh le bheatha a chionn 's gun robh e cho diombach ris na bha feadhainn eile a' dèanamh air bòrd. Ach dh'innis fear-aithris eile, anns am faodar mòr-earbsa a chur, gun cuala e gun robh sluagh math de mhuinntir a' bhaile a' coimhead air cuisean, astar math air falbh bhuaipe, is gun robh cuimhne aige fhathast air a' ghairm rabhaidh a thug cuideigin anns a' chuid-eachd: *Tha i gluaisd*, i.e. 'tha i a' gluasad'.

Ann an 1988, chaidh taisbeanadh cuimhneachaiddh a chur air chois mu bheatha is eachdraidh nam bailtean san do nochd traids-ean àraid a thaobh na *Linnet*. Seo earrann à litir a sgrìobh Doileag, nighean a' phrìomh neach-aithris agam, air an 4mh Cèitean 1988 thugam:

Thug boireannach à Baile an Todhair gus an talla taisbeanaidh fainne a chaidh a thoirt seachad bhon *Linnet*. 'S ann a shàbhail am fear Sginnearach seo an sgiobair, agus thug esan [an sgiobair] am fainne bho mheur is thug e don Sginnearach e. Chaidh e bho ghinealach gu ginealach. Cha robh mi air dad a chluinntinn mu dheidhinn a-roimhe.

Cha robh no mi fhìn air tighinn tarsainn air an traids-ean a bha seo am measg na feadhna leis an do rinn mi agallamh thuige sin. Bhon uair sin, thathar a' tòiseachadh air ùidh a chur ann an tubaist na *Linnet* a-rithist air sàilleabh uilt ghoirid a sgrìobh Rosach, Alastair Ruadh, duine a bha barrachd is ceithir fishead bliadhna a dh'aos, airson litir-naidheachd na coimhearsnachd (an geamhradh 2002-03). Tha an geàrr-chunntas seo a' toirt iomraigdh



Am fainne a thugadh do nighinn Fionnlagh Sginnearach le sgiobair an *Linnet* a chaidh a bheatha a shàbhaladh leis.

air fear Sginnearach, Fionnlagh, air an robh am farainm ‘Talaich’ [recte Tàlach], agus tha e a’ cumail a-mach gun do shàbhail an duine seo an sgiobair a’ chiad turas a chuireadh an soitheach an tìr aig Cadabol. Tha e a’ cumail a-mach cuideachd, an dèidh do dh’Fionnlagh a bheatha a chall san dara oidhrip air am bàta a thàrrsainn, gun ‘tugadh do a bhanntraighe Sophie, fainne air an robh na litrichean SS air an gràbhaladh’, agus ‘gun deachaidh seo a thoirt dhi seach gun do shàbhail an duine aice an sgiobair.’

Tha an Dr Seumas Sginnearach, a bhuiteas e fhèin do Sheannduaig, air rannsachadh a dhèanamh mu eachdraidh theaghlaichean ionadail, agus, ged a dh’fhàilнич air fear Fionnlagh Sginnearach a bha pòsta ri Sophie a lorg, mhol e fear eile dam b’ ainm Fionnlagh Sginnearach a bha pòsta ri boir-eannach Isbeil ach a bha nighean aige dam b’ ainm Sophie – ’s ann a chaochail an duine seo eadar na Cunntasan-sluaign 1841 is 1851. Agus tha an Dr Sginnearach ag ràdh gu bheil an tè

a tha am fainne na seilbh an-dràsta (a' Bh.-Ph. Ealasaid 'Beth' Sginnearach) ag aontachadh ris a' cho-dhunadh a tha seo.

Seach gur e na litrichean SS a tha air an gràbhaladh air an t-seud, tha e coltach, a rèir an Dr Sginnearaich, gur ann an dèidh làimhe a chuir nighean Fhionnlaigh an gràbhaladh air dòigh dhi fhèin. Co-dhiù no co-dheth, 's dòcha gun do chuir teaghlaich an fhir a fhuair am fainne sa chiad àite romhpa – 's math dh'fhaoidte air sàilleabha' a' ghràbhalaidh a bh' air – gun cumadh iad na chuimhn-eachan e an taobh a-staigh an teaghlach, agus, air do chuideigin a fhuair am fainne na dhileab imrich a dhèanamh a dh'aite eile, gun do dh'fhalbh an seud às na bailtean fad grunnan bhliadhnaichean.

Chan eil teagamh sam bith nach robh a' chuimhne mhuladach mun eachdraidh a bha siud a' mairsinn gu math beò am measg theaghlaichean ionadail ach, an cois sin, bha rud eile a shuidhich an gnothach gu daingeann ann an inntinn is an cuimhne a' phobaill, 's e sin marbhrann (56 rann a dh'fhad) a sgrìobh fear às an àite, Artair Ros, air nàbaidhean dha a chaidh a bhàthadh. 'S e as tiotal dha: *MARBH-RANN AIR DAONAIBH CHAIDH DHITH AIR BORD SOITHEACH BHRISTE A CHAIDH MACH AIR CLADACH CHATBOIL AIG TOISEACH A BHLIANE* [sic] 1843 LE ARTAR ROSS ANN AN SGIRE NA MANACHAINN, ged a chleachdar an geàrr-ainm 'An Linnet Mhòr' an seo. Chaidh a dhèanamh a rèir laoidhean Phàdraig Ghrannd no Dhùbhghaill Bhochanan (coim. D. Maclean, 1913), gnè de bhàrdachd creideimh a bha a' còrdadh ri poball nam bailtean aig an àm ud, a rèir choltais. Cuideachd, bha feadhainn anns an àite a bha a' làn creidsinn gur ann ri fonn 'Là a' Breitheanais' le Bochanan a bha an dàn ga ghabhail, agus is cinnteach gum biodh meadar an dreuchd seo ag aontachadh ris an sin, coim. sr. 81–84:

*O sibhse rinn 'ur bun de'n t-saogh'l,
Nach d'hig sibh 's caoinibh è gu géur,
'Nuair tha e 'gleacadh ris a bhàs,
Mar dhuine làidir dol do'n eug.*

(Sinclair, 1875: 95)

'S e tha anns a' mharbhrrann againne an dà chuid cunntas air mar thuit an droch thubaist a-mach agus beachdachadh mu thèamaichean mar bhreitheanas diadhaidh agus tròcair Dhè, air am measgachadh le chèile, maille ri luaidh air an duais a bhiodh ri faighinn ann am flaitheanas aig an fheadhainn dan robb teasairginn Chrìosdail an dàn. Cha deachaidh agam air barrachd is dhà no thrì rainn den òran a chnuasachadh bho bheul-aithris nam bailtean, mar an fheadhainn seo a leanas:

*'N Linnet mhór bha siubhal a' chuan,
thàinig i steach air oidhche ghruaim
thàinig i steach air oidhche ghruaim
is thilg an stoirm a Chabdail (sic) i*
*Seocan Mhorair, 'm meangan òg,
thàinig dìreach bho ghlùin a mhàthair.
Cò chreideadh am miosg an sluagh
gu robh am bàs cho fagais air?*

Neo 'r-thaing nach eil na rainn sin gu math diùbhraichte ris na tha anns an dreach a chaidh an clò, is tha e soilleir gun deachaidh sreathan à caochladh rann a chur troimh-a-chèile uaireannan ann an suidheachadh na beul-aithris (coim. Naidheachd 142).

'S e pàirt bhunaiteach ann an litreachas na Gàidhlig a tha ann an òrain anns a bheil daoine gan cuimhneachadh – càirdean don bhàrd, mar as trice – a chaidh air chall le briseadh luinge air neo a bhàthadh ann an tubaist eile. Faodar iomradh a thoirt air eisimpleirean ainmeil bhon 17mh linn, mar 'Bhàthadh Iain Ghairbh Ratharsair' (coim. Thomson 1983, 81). Tha ceithir marbhrannan den leithid air an cur an clò bhon bheul-aithris aig Margaret Fay Shaw (1999) anns a' chruinneachadh aice bho Uibhist a Deas: ''Sann aig Port Taigh na h-Airigh'' (dd. 100–01), 'Marbhrann do dh'Fhear Airigh Mhuilinn' (dd. 102–05), 'Ailein Duinn' (dd. 258–61) agus, gu h-àraid, ''Sann Di-Luain Ro' Fhéill Micheil'' (dd. 262–63) anns a bheil boireannach a' caoidh bàs grunnan dhaoine: a triùir bhràithrean, a h-athair is an duine aice. ('S e òrain luaidh a tha anns na dhà mu dheireadh,

gnè bàrdachd den dèanar feum gu tric airson thuiridhean.) 'S math dh'fhaodhte gu bheil an t-òran ainmeil à Ceap Breatainn, 'Cumha nam Braithrean' (C.I.M. MacLeòid 1970, 44–47), anns a bheilear a' cumail cuimhne air buidhinn bhràithrean a chaidh a bhàthadh airidh air a luaidh an seo, oir 's ann a tha am bàrd, mar a tha a' tachairt ann an àitean anns 'An Linnet Mhòr', a' toirt cunntais air na chunnaic a shùilean fhèin den tubaist:

*Bha ur cairdean 'gur faicinn ...
Sibh air uachdar na mara ...
Gun do shéid i le frasan,
'S shil i dluth le clach-mheallain;
Gun d' rinn i bhur dalladh,
'S chaill bhur casan an stéidheadh.*

Anns an aon dòigh, thathar a' cur an àireamh buaidhean na feadhna a tha ann an gàbhadh agus, aig an aon àm, a' toirt tuairisgeil air an spàирн eu-dòchasaich a bha iad a' dèanamh an aghaidh an t-srutha:

*'S e mac Sheumais mo charaid
An diulnach bha smearail,
... Bu tu ceannard na cuideachd,
'S tu gum b' urrainn nam b' fheudar;
'S tu gun geardadadh iad uile
'N ám cur na ratreuta.
... Cait an d' fhag mi thu, Iain
Deagh fhear cridhe na féile.*

Tha deagh chuimhne aig muinntir nam bailtean gum buineadh bàrd 'An Linnet Mhòr', nach do rinn ach an aon dàn a rèir choltais, do theaghlaich a bha a' fuireachd ann an lòn Bhaile a' Chnuic (coim. Naidheachd 87). Bu chuimhne le aon tè-aithris gum bite ag ràdh gun robh a bhràthair na èildear barraichte anns a' choitheanal ionadail. Tha taic ri faighinn aig an fhiosrachadh seo bho chlàr Cunntas-sluaigne na bliadhna 1851, anns a bheil iomradh air duine àraig, David Ross (55 bliadhna a dh'aois),

MARBH-RANN

AIR

DAONAIBH CHAIDH DHITH,**AIR BORD SOITHEACH BRISTE**

A CHAIDH MACH AIR

CLADACH CHATBOIL,

Aig toiseach a bhliadhne 1843

LE

ARTAR ROSS,

ANN AN SCIRE NA MANACHAINN

Printed for Miss MAGGIE MITCHELL, Rockfield Village,
 Portmahomack, by the
 NORTHERN COUNTIES NEWSPAPER AND PRINTING AND PUBLISHING
 COMPANY, LIMITED, INVERNESS.



a bha na thuathanach aig an robh 20 acair anns an lòn. Tha e air a chlàradh mar cheann teaghlach a bha a' gabhail a-steach a pheathar, Ealasaid (57 bl.) agus a bhràthar, Artair (53 bl.), maille ri feedhainn eile. Dh'fhaodadh e bhith gur e seo an t-èildear, Dàibhidh Ros, a thug an aire do choinneimh air 30 Lùnastal 1882 da bheil trì baistidhean air an clàradh ann an Leabhar Sheiseanan na h-Eaglais Saoire.

Tha e coltach gun robh 'An Linnet Mhòr' ga chur mun chuairt am measg a' phobaill ann an sgrìobhainn agus, gu ire, sa bheul-aithris gus an do rinn Mairead Mitchell, à Tarail Bheag anns an ath sgìre, clò-bhualadh dheth am meadhan na linne seo chaidh (leis an Northern Counties Newspaper and Printing and Publishing Company, Inbhir Nis – gun cheann-latha). Neo-ar-thaing nach robh lethbhreacan den dàn air fas cho gann mun àm a bha an sgoilear Gàidhlig, an t-Urr. Tòmas MacCalmain, a' cur ùidhe ann ann an 1962, gum b' fheudar dha a chlò-sgrìobhadh uile gu lèir, maille ri iomadach lethbhreac gualain, a' cur nan stràcan a-steach an dèidh làimh le dubh. Nuair a dh'fhoillsich dithis bhoireannach às an àite rannsachadh mu sheòl-beatha traidiseanta nan daoine (Macdonald agus Gordon, 1971), chan eil teagamh sam bith nach do thòisich am poball ionadail a' toirt an aire do thachartas an *Linnet* a-rithist, a chionn 's nach biodh uimhir a chudrom air a bhith aige mun àm ud, is a' Ghàidhlig an dèidh dhol sìos na cànan làitheil anns na bailtean. A rèir choltais, b' ann mun aon àm a chaidh a' Bheurla a chur air an dàn le duine aig an robh dualchainnt Ghàidhlig à ceàrnaidh eile.

Seach gun do dh'ainmich Artair Ros còignear a chaidh air chall, 's ann le cinnt – agus muinntir nam bailtean cho dlùth-chàirdeach ri chèile – gun cumadh daoine orra a' seinn 'An Linnet Mhòr' cho fada 's a bha a' Ghàidhlig ga bruidhinn anns an àite. Agus tha e coltach gun do mhair an traidisean seo gu mu thimcheall air an àm a rinn MacCalmain an clò-sgrìobhainn aige. 'S e rud sònraichte a tha ann gum buineadh an tè mu dheireadh dam b' àbhaist a bhith a' gabhail an òrain – Margaidh Mhorair (Mor'air) – ri teaghlaich a chaidh cuid dhe

am fireannaich air chall anns an tubaist. 'S e an aon chinneadh a tha oirre – Mhorair – is a tha air triùir a tha air an ainmeachadh san dàin, .i. Iain, Dòmhnaill agus Alasdair. Tha feadhainn anns na bailtean an-diugh ris an canar Mhorair – ainm nach cleachdar idir mar shloinneadh neo-eisimileach, agus thathas gan aithneachadh ann am beul-aithris Bhaile a' Chnuic mar chuid de Chloinn MhicCoinnich. Thèid fear den triùir a chaidh a bhàthadh aithneachadh bho fhiosrachadh nan Cunntas-sluaign, oir, a rèir choltais, bha e na cheann air teaghlach de Chloinn MhicChoinnich agus chaochail e eadar 1841 is 1851, agus tha a bhean, Ciòrstan (1841 Christian), air a clàradh na bantraich ann am fiosrachadh 1851.

Chan aithnichear leis an aon chinnt na fireannaich Mhorair eile air a bheil iomradh anns an dàin, is cha mhotha tha e soilleir cò tha anns an duine air a bheil (Iain) Tarail mar ainm. Chaidh luaidh air an duine sa mar *an gasan ùr* 27a a bha, a rèir bheul-aithris a' bhaile, na dheugaire caran òg, gun a bhith fiù 's ceithir bliadhna deug nuair a chaochail e. Tha e deimhinnte, mar sin, gu bheil duine no dithis den fheadhainn à Baile a' Chnuic a chaidh a bhàthadh gan cuimhneachadh anns an òran nach eil idir air an ainmneachadh ann an cunntasan nam pàipear-naidheachd. Ged nach fhaighear an t-ainm Mhorair sgrìobhte ann am fiosrachadh nan Cunntas-sluaign, 's iomadh clàradh anns na leabhraichean oifigeil air an ainm Tarail a tha air a cheangal gu làidir anns an àite ris an t-sloinneadh MacDhòmhnaill agus gheibhear air a' chuid as lugh aon eisimpleir de Tharaileach ann an Cunntas-sluaign na bliadhna 1841 a chaidh a chlàradh na Dhòmhnaillach anns an aon chunntas deich bliadhna an dèidh sin.

A thaobh an treas cinneadh air an dèan am bàrd iomradh, .i. Tàlach, tha duilgheadas den aon seòras ri Mhorair a' buntainn ris: 's e sin nach eil e ri fhaighinn anns na Cunntasan-sluaign. Ged nach eil sgeul air mhairsinn ann am beul-aithris Bhaile a' Chnuic a dh'fhaodadh cùisean a shoilleireachadh, tha, mar a chunnacas, tùsan rim faighinn ann an Seannduaig a tha a' cur an cèill gur e Sginnearaich a bha ann an daoine den ainm sin, agus

tha grunnan eisimpleirean ann am beul-aithris an àite, m.e. an tè air an deachaidh iomradh a thoirt cheana, a tha a' ceangal cuid den chinneadh Sginnearach ris an *Linnet*, a dh'innseas fiù 's gun deachaidh ciud dhiubh a bhàthadh innte. Tha rannsachadh an Dr Sginnearach ann an clàraighean ionadail nan eaglaisean air leigeil fhaicinn gun robh *Tal(l)ach* ga chleachdad mar fharainm le muinntir Sginnearach an àite bho dheireadh na 18mh linne. A bharrachd air sin, mar a chaidh a innseadh cheana, tha an Dr Sginnearach air fear Fionnlagh Sginnearach a lorg, fear a thèid às ar sealladh ann an clàir nan Cunntas-sluaign eadar 1841–1851 agus aig an robh, mar a thachair, nighean dan ainm Sophia. Mar sin, faodar a bhith cuimseach cinnte gur e seo am Fionnlagh Talach air a bheil iomradh anns an òran.

Carson, ge-tà, a dhèanadh Artair Ros luaidh air na daoine sònraichte seo? Dh'fhaodadh e bhith, nuair a chuimhnichear air nàdar cràbhaidh an dàin, gun robh ceangal air choreigin aige ris na teaghlaich a bha seo tro mheadhan na h-eaglais, agus gur e oidhrip a bh' ann air sòlas spioradail a thabhannd dhaibh.

Chan e a-mhàin gu bheil an dàn na sgrìobhainn phrìseil a thaobh fiosrachaidd eachdraidheil is èolais chomainn, 's e tobar a th' ann a tha a' nochdadphuингean inntinneach cànan-eolais an àite cuideachd. A bharrachd air laoidhean cràbhaidh, air an tugadh iomradh mu thràth, is sgrìobhainnean ruisg eile aig an robh nàdar spioradail, chan eil teagamh sam bith gur e am Bìoball an t-saothair Ghàidhlig a bu mhotha a bhite a' leughadh anns na bailtean seo ri linn beatha an Rosaich, agus faodar buaidh litreachail nan sgrìobhaidhean sin a fhaicinn ann an caochladh dhòighean.

Anns a' mhodh-litreachaidh, tha cruthan mar *choidil* 10d, *fein* 28b agus *feud* 38a, 41b a' tighinn air lom.

Ann an cruth-eòlas ainmeanan, gheibhearr dreach eachdraidheil a' ghnidich, *Dhe* 17b, ri taobh *Dhia* 48a, maille ri dreachan iomarra ann an –a: *tonna* 14b, *ceuma* 26a; agus, an dèidh an roimheir an, eisimpleirean den t-seann dreach thabhartach iomarra ann an –ibh: *cragaibh* 5b; *piantaibh* 11b; *tuiltibh* 31d;

aimh'ntibh 42b, maille ri *air daonaibh* a gheibhear ann an tiotal an òrain fhèin. Anns an riochdair, gheibhear *se* san 3s pearsa shing. fhir., *cha shnamh se* 46d. Anns an roimhear riochdaireil, gheibhear dreachan le -it caol san 2ra shing., *dhuit* 19d, 20d, *uait* 17a; agus airson an 3s iom. de *do sgrìobhar dhoibh* 30a, 31c, 36a. Anns a' bhuadhair sheilbheach, gheibhear *ar* airson 1d iom. seach *na* mar a tha ann an dualchainnt ar linne.

Bheirear an aire cuideachd don dreach dà-shiollach *tabhair* 'toir' 40d, agus do na dreachan *pill* 'till' 21a, 56a, *suis* 'an-àirde' 55b ('an-iar' san dualchainnt), agus *siubhal* 'triall' 4a ('coiseachd' san dualchainnt).

Ged nach urrainnear a bhith gu buileach cinnteach an robh feartan na dualchainnt mar a bha i aig an luchd-aithris agamsa air an riochdachadh uile bho chionn beagan ghinealach, tha cuid rin lorg san dàn. Chithear iad aon chuid le dòigh-litreachaidh an teags a tha gu fial, faoilidh san fheum a tha e a' dèanamh den asgair, air neo le meadrachd an dàin anns a bheil le chèile comhardadh eadar deiridhean *a* agus *b*, agus aicill eadar deireadh *c* agus lide an taobh a-staigh *d*.

Tha e na fheart sònraichte ann an dualchainnt na 20mh linne gu bheil fuaimreagan goirid eachdraidheil buailteach rim mùchadh nuair nach bi iad fo bhuille, cò dhiubh air sàilleabh teasgadh toisich, teasgadh deiridh no teasgadh meadhain, agus tha iad seo air an taisbeanadh gu math soilleir ann an teags 'An Linnet Mhòr'.

Teasgadh deiridh: a-mach bho dheireadh sreatha far an gabh e cleachdadh mar innleachd sa mheadrachd, gheibhear: *cuir*' 10c, *brist'* 5b, *breitheamhs'* 33a, *thus* 25b, 28c, *chot* 28c, *sláint'* 30a, *dhas'* 47b *ait'* 55a *ac'* 15a, *pòsd* 51a. Tha e coltach gu bheil na h-eisimpleirean eile seo a' leigeil fhaicinn nach ann an dèidh chonnragan gun ghuth a-mhàin a bha e a' tachairt: *teachdar* 17b, *trocair* 49c agus *uin* 27d, *ùin* 50a; agus tha *leath'* 5d, *uath* 7c agus *rius'* 37b a' sealltainn gun tachradh e an dèidh hiatais eachdraidheil cuideachd.

Tha iomadach comharradh ri fhaicinn gun robh teasgadh

toisich na fheart làidir ann an dualchainnt a' bhàird fhèin. Mar thoradh air nàdar na Gàidhlig, 's ann air mion-fhaclan agus cruthan cho-ghnìomhairean anns a' mhòr-chuid a tha e a' toirt buaidh, agus tha sin ri fhaicinn anns na h-eisimpleirean a leanas: '*N Linnet* 4a, *Iad steach* 14d, *an siud measg* 16b, *Deigh dhol dhuit* 20d, '*N coinnidh* 23b, *la an fhoghar 'g eiridh* 46c 7c. Tha an dòigh-litreachaidh a' leigeil fhaicinn anns an aon dòigh mar a thèid fuaimreag ghoirid a tha gun bhuille a chall eadar dà chonnraig mas e roimhear (air neo an lide tùsail dheth), mion-fhacal dàimheach, buadhair seilbheach no a leithid a tha ann: *cia dòruinneach bha* 11a, *a dh'fheudas chuir* 12b, '*N uair chaidh* 12c, *spot 'n do* 28c, *a shaighead [an] sas* 37c, *ni ghlanadh leis* 39d, *rud rinn dion* 43a, *dorus trocair 'bhaile dhian* 48b.

Tha teagsadh ann am meadhan an fhacail ri fhaicinn ann an caochladh eisimpleirean: *gun għluas'd* 5a, *nach b' urrt'* mearachd clò air 'nach urr'nn' 32a, *cliuth'chadh* 35c agus *chuid'cheas* 38b. A thaobh na fuaimreig còmhnaidh a bhios a' nochdadhe ri ar linn fhìn mar /ə/, /u/ no /i/, a rèir mar a thuit cùisean a-mach gu h-eachdraidheil, chan eil fuaimreag de leithid ga taisbeanadh idir san dàn, ged a tha am bàrd ag aithneachadh cruthan svarabhakti, seach gun dèan e comhardadh le cruthan svarabhakti eile, m.e. *mairbh* (/mari/ ann an dualchainnt ar linne) : *dh'fhalbh* 53c-d, agus an aon turas le fuaimreig ghoirid eachdraidheil a tha air a cur am fad: *dh'fhalbh* : *bheairn* 55a-b.

Tha fianais air mar a tha /r/ caol air chall ann an cainnt an teags, mar a tha ri ar linn fhìn, anns na h-eisimpleirean a leanas: *furach* 7d, *treor* 9b, *cuir's* 10c, *teachtar Dhe* 17b, *lasar* 48d, *a chobhar* 55d, 56a; agus air mar a chaidh -n(-) sèimhichte caol is leathann a thoirt còmhlaadh: *cathain* 38a, *baile dhian* 48b, *bhaile dhion* 49c (ged a dh'fhaodadh na dhà mu dheireadh a bhith nan eisimpleirean den tuiseal għinideach gun a' chonnrag dheireadnach a bhith air a dèanamh caol, mar bu chòir. Tha an -l- leathann anns an fhacal *gleann* air a bheilear eòlach ann an dualchainnt ar linne fhìn ri fhaicinn ann an *do għlann* 13b; cuideachd -adh deireannach air a dhèanamh għu hach ann an

tuireadh 'n aite 1b agus *chlíuth'chadh* 'n Ti 35c. Neo-ar-thaing nach fhaodar a bhith cinnteach gur ann mar /u/ a bha sin – agus -*amb* fhèin – ga fhuaimneachadh a chionn an litreachaidh ann an *bu sheasadh cruaidh* 8d, agus, gun teagamh, a' chiad fhacal den ghrunnan a tha air an luaidh agam an sin. Bheirear an aire gu bheil fuaimreag àrd chùil ga dèanamh cruinn, san aon dòigh ri ar linn fhìn, air beulaibh suaithtich bheile ghuthaich eachdraidheil, mar a tha na comhardaidhean a tha seo a' soilleireachadh: *taobh* : (*chlíus*) 22c–d agus *chraobh* : (*ùr*) 27a–b.

A thaobh cruth-eòlais ghnìomhairean, tha seòrsa goirid den tràth chaithte ri thoirt fa-near le *thig*: *thàn' an uair* 8c; agus aithnichear ann an *iarraidh sibhs'* 40a gu bheil an 2ra iom. den mhodh àithneach -*ibh* ga fhuaimneachadh mar /i/, rud as aithne dhuinn ann an dualchainnt na 20mh linne.

'S e nì gu math neo-chumanta a bh' ann cuideachd am measg a' ghinealaich mu dheireadh san àite aig an robh a' Ghàidhlig ga bruidhinn cruth air leth den ghinideach a bhith aca ann an ainmearan – mur an do ghabhadh ri leithid de chruth eachraigheil mar ainmneach, coim. *leas[a]*, *meal[a]*, *salainn* – ann am buadhairean, is anns an alt fhèin, agus 's ann a tha sinn a' faicinn ann an teags an òrain mar an ceudna mar a tha cruth nan tuiseal dùthchasach gan cur an àite a chèile: *toiseach a' bhliane* (sic -e, ann an tiotal an dàin) 'n aite ceòl 1b, *thonnaibh* 16b (*tonna chuan* 14b), *uair a bhreitheanas* 14d, 'g *iarraidh 'n t-ullachadh* 24b, *Bioball Dhia* 12d, a mhealtainn sith is sonas buan 35b, *na doirionn [doineann] ud* 12d, a ghabhail tamh 56c. Tha e coltach gur e call a' ghnidhich seo ann an cainnt a' bhàird fhèin, no aig sgrìobhaiche ionadail air choreigin a thàinig na dhèidh, as coireach gu bheil na h-eisimpleirean *glun do mhathair* 28b agus *la an fhoghar* 46c gan litreachadh mar a tha, air neo gu bheilear a' dèiligeadh a-rithist ri /r'/ caol ga iompachadh na /r/ leathann. A thaobh *thus' bu thairis gnuis* 25b, chan urrainnear a ràdh cò dhiubh 's e teasgadh deiridh a-mhàin a th' ann no cruth air leth den chruth choimeasach a tha

air dhol à bith, mar a thachair am bitheantas ann an Gàidhlig a' ghinealaich mu dheireadh. 'S e feart gu math cumanta ann an co-rèir a' ghinealaich a bha seo ainmear a chur air chùl an ainmeir ghiomhairich aig a bheil e na chuspair, fiù nuair nach eil a' ag a' tighinn roimhe, agus faodar aon eisimpleir de leithid a shònachadh anns an teags: *neart chum seinn a chliu gu h-ard* 40b.

Anns an fharsaingeachd, mar sin, ma bha am bàrd a' dèanamh oidhirp air greimeachadh, cho fada 's a b' urrainn dha, ri gnàthasan litreachail stèidhichte – rud air a bheil iomadach cruth ginidich eachdraidheil, maille ri trèithean dùthchasach gràmair eile feadh an teags, a' toirt fianais – tha an coltas air gun robh e gu math deònach an dualchainnt aige fhèin a chur gu feum cuideachd airson na meadrachd. B' ann airson sin cuideachd a bha innleachdan eile gan cleachdad aige, m.e. an cùisear a chur air cùlaibh a' chuspair no abairt cho-ghniomhair: *cha ruig fa dheoigh e* 45d agus *chaidh gu leir iad* 32c, 56b. Tha aon eisimpleir againn anns an deachaidh an dòigh obrach seo ceàrr, .i. *Do'm Criosd na bhunait slaint'* 36b. Tha e coltach gur e *d'am bunait' slàinte Criosd* a bh' ann bho thoiseach, 's òrdugh nam falalair a' atharrachadh a rèir a' ghnàthas a chaidh ainmeachadh shuas, ach gun deachaidh 'na a chur ann aig an aon àm bho cho-abairt le *bha* agus aig a bheil an aon chiall: *d'an robh Criosd 'na bhunait slaint'*. A thaobh *ged air bith* 37a, dh'fhaodadh e bhith gur e a tha an seo ro-cheart-achadh de sheòrsa air choreigin.

'S e briseadh-dùil a th' ann nach eil againn – ged as furasta tuigsinn carson – eisimpleirean bhon roinn phailt, ioma-sheòrsach ud, .i. faclan-iasaid bhon Bheurla Ghallda, gu h-àraid bhon tha Gàidhlig Mhachair Rois a' seasamh ann an co-aghaidh fhìor inntinneach ris a' chànan eile, 's na dearbh fhaclan sin cho lionmhòr ann an cainnt na feedhna-aithris agam fhìn: *coup* 'poll', *lorne* 'bròg', *slop* 'lèine', *peadar an* 'siùcairean', *stob* 'bioran', *tobha* 'ròpa', *tommy* 'buileann' agus mar sin air adhart. Chan eil agam ri luaidh an seo ach *An*

Tighearn' a thug, sa ghabh air falbh 54c a tha na atharrais air ràdh ud a' Bhìobaill, toirt air falbh (coim. Eòin 1: 29).

'S e tachartas gu math fortanach a bha ann, gun teagamh mar sin, gun do shocraich bàrd baile – agus chan e duine gun urrainn a bha ann dheth – mòr-thubaist nan coimhearsnach aige fhèin a chumail an cuimhne ann an riochd dàin, oir, nuair a rinn e siud, 's ann a dh'fhosgail e uinneag àraid air saoghal agus eachdraidh an t-sluaigh a bha sin, is thug e seachad fiosrachadh a tha na chuideachadh le chèile gus cuid de na daoine fhèin a bha an sàs anns an tubaist aithneachadh agus dèanamh a-mach dè na naidheachdan anns a' bheul-aithris aig a bheil bunait cuimseach ceart ann an cunntas eachdraidheil.

'AN LINNET MHÒR' – AN DÀN

An seo gheibhear an dàn, 'An Linnet Mhòr', air fad an dà chuid ann an litreachadh an latha an-diugh agus, ann an clò beag, sa chruth san deachaidh a sgrìobhadh le Artair Ros am meadhan na naoidheamh linn deug.

Chaidh Isbeil Anna a chlàradh a' seinn eagrain dheth ris an fhonn, 'Soraidh Slàn le Fionnairidh', le Tormod MacLeòid (Caraid nan Gàidheal), agus chaidh an rann a leanas, a cho-fhreagras don cheathramh rann againne, a thar-sgrìobhadh leis an Oll. Colm Ó Baoill, am fear a dh'aithnich am fonn aig Isbeil Anna.



Linn – et Mhòr bha siubhal a' chuan, thàin – ig i steach air oidh – che ghruaim,



thàin – ig i steach air oidh – che ghruaim is thilg an stoirm a Chad – bal i.

Fhuair sinn gairm a-nis gu bròn,
 's e th' agaínn tuireadh 'n àite ceòl,
 's gach uile neach dan lèir ar dòigh
 nis deanadh bròn iad maille rinn.

Tha 'n duine truagh gach uile là
 a' dol air thuras dh'ionnsaigh bhàis,
 's gun fhios an t-àm an tèid e 'n sàs –
 tha uair a bhàis am falach air.

Ach tinn no slàn, dar thig an uair,
 thèid e dh'ionnsaigh 'n dachaigh bhuain,
 's mar sin a tha gach neach den t-sluagh,
 air thuras luath gu bith-bhuantachd.

'N Linnet mòr bha siubhal a' chuain,
 thàinig i steach ri oidhche fo ghruaim,
 is chaidh iomrall anns an dorch,
 is thilg an stoirm i Chadabol.

Is dh'fhan i sin rè ùin' gun għluas'd
 na soitheach brist' sna creagaibh cruidh;
 is cuid a dh'fheuch ri togail suas,
 's cur air a' chuan 's bhith 'g obair leath'.

Ach dhiult i falbh dhaibh uair no dhà
 is iad ga feuchainn le luchd-ceàird;
 ach nuair a thàinig oidhch' a' bhàis,
 siud għabb i an sàl is dh'imich i.

1
 THUAIR sinn gairm a nis gu bròn,
 Se th' agaínn tuireadh 'n aite ceòl,
 'S gach uile neach d'an leir ar doigh
 Nis deanadh bròn iad maille ruinn.

2
 Tha 'n duine truagh gach uile la
 A dol air thuras dh' ionnsaigh bhais,
 'S gun fhios an t-àm an teid e 'n sàs –
 Tha uair a bhais am folach air.

3
 Ach tinn na slan, 'n tra thig an uair,
 Theid e dh'ionnsaigh 'n dachaigh bhuain,
 'S mar sin a tha gach neach do'n t-sluagh,
 Air thuras luath gu bith-bhuantachd.

4
 'N 'LINNET' mor bha siubhal a chuain,
 Thainig i steach ri oidhche fo għruaim,
 Is chaidh iomrall anns an dorch,
 Is thilg an storm i 'CHATABOL;

5
 Is dh' fhan i sin re uin' gun għluas'd,
 Na soitheach brist' sna cragaibh cruidh;
 Is cuid a dh' fheuch ri 'togaill suas,
 'S cuir air a chuan 's bhith 'g obair leath.

6
 Ach dhiult i falbh dhaibh uair na dha,
 'S iad ga feuchainn le luchd-ceard;
 Ach 'nuair a thainig oidhch' a bhais,
 Sud għabb i 'n sàl is dh' imich i;

Is ged bha àireamh mhòr air bòrd
ga tarraing suas gu Bail' an Todhair,
dh'fhalbh i uath' gun stiùir, gun seòl,
is cha bu deòin leath' fuireach dhaibh.

Oir cheadaich Dia, san Fhreastal chruaidh,
dhi dol san turas ud gu luath,
oir ruith an ùin' is thàin' an uair
's bu sheasamh cruaidh gun teagamh e

Don t-seachdnar a bha air bòrd,
's bh' air am fagail siud gun treòir,
is gun dol às ac' on a' bhàs
a b' fhaid' na bàrr nan crannagan.

Is iad gun suil a ghabhadh truas,
no stiùir a thionndadh i mun cuairt,
ach ruith a cùrs' le doineann tuath
leò dh'ionnsaigh 'n uaigh sna chaidil iad.

Cia dòrainneach bha leabaidh 'm bàis,
sna piantaibh geur ud dol an sàs,
dar bha i gabhail steach an t-sàil
thuc' anns gach àit 'n robb briseadh oirr!

Air pian nan daoine ud san àm
cò a dh'fhaodas chur an cainnt,
nuair chaidh 'm fagail anns an oidhch'
ri aghaidh ghairbh na doineann ud?

7
Is ge d' bha aireamh mhor air bord,
Ga tarruing suas gu BALINTORE,
Dh' fhalbh i uath gun stiùir gun seòl,
Is cha bu deoin leath' furach dhoibh.

8
Oir cheadaich Dia, 'san fhreusdal chruaidh,
Dhi dol san turas ud gu luath,
Oir ruith an uin' is than' an uair,
'S bu sheasadh cruaidh gun teagamh e.

9
Do 'n t-seachdnar a bha air bòrd,
'S bh'air am fagail sud gun treòr,
Is gun dol as ac' o na bhàs
'B' fhaid' na barr na'n crannagan.

10
Is iad gun suil a ghabhadh truas,
Na stiùir a thionndadh i m'an cuairt,
Ach ruith a cuirs' le doirionn tuadh,
Leo dh' ionnsaigh 'n uaigh 'sna choidil iad.

11
Cia dòruinneach bha leabaidh 'm bàis,
'S na piantaibh geur ud dol an sàs,
'N tra bha i gabhail steach an t-sàil
H-uc' anns gach ait 'n robb briseadh oir!

12
Air pian nan daoine ud san àm
Co a dh' fheudas chuir 'an cainnt?
'N uair chaidh 'm fagail anns an oidhche
Ri aghaidh ghairbh na doirionn ud.

B' e an t-àm san uair ud àm a' chràidh
 dar chaidh i steach do ghleann a' bhàis,
 's gun acair aic' a rachadh 'n sàs
 's gun chàball bàis a chumadh i!

Cia uabhasach bha dhaibh san uair,
 is tonna a' chuain ag èirigh suas,
 dar thugadh leis na sruthaibh luath
 iad steach gu uair a' bhreitheanais!

Gun chaladh ac' no baile dion
 's an neart air failneachadh gu lèir,
 's gun chomas teichidh ac' on uair,
 's ann thugadh buaidh sna tuiltean orr'.

Och, a Bhàis, b' an-iocdhdmhor cruaidh
 thu ann an siud 'm measg thonnaibh 'chuain
 dar chuir thu ort do chlogaid chruaidh
 is thilg gun truas do shaighead annt'.

Cò e a theicheas às uait fhèin?
 Oir 's tu òglach 's teachdair' Dhè;
 's dar thig an t-àm a dh'òrdaich E
 do chlaidheamh geur ort crioslaichidh.

Is thèid thu siud a-mach nan dèidh
 's bheir thu mar eun iad bhàrr an t-slèibh',
 's duine cha làmhaich às do dhéidh
 dar bheir thu dhachaigh 'm foghar leat.

13
 Be 'n t-àm 's an uair ud àm a chraiddh,
 'N trath chaidh i steach do ghlann a bhàis,
 'S gun acair aic' a rachadh 'n sàs,
 'S gun chàbul bàis a chumadh i!

14
 Cia uabhasach bha dhoibh san uair,
 Is tonna 'chuain a 'g éiridh suas,
 'N trath thugadh leis na sruthaibh luath
 Iad steach gu uair a bhreitheanas!

15
 Gun chaladh ac' na baile dian,
 'S an neart air failneachadh gu leir,
 'S gun chomas teiceadh ac' o'n uair,
 'S ann thugadh buaidh 'sna tuiltean orr'.

16
 Och, a Bhais! b' an-iocdhmbor cruaidh
 Thu ann an sud measg thonnaibh 'chuain,
 'N trath chuir thu ort do chlogaid cruaidh,
 Is thilg gun truas do shaighead annt'.

17
 Co e a theicheas as uait fein?
 Oir 's tu oglach 's teachdar Dhe;
 'S 'n trath thig an t-àm a dhorduich e,
 Do chlaidheamh geur ort crioslaichidh.

18
 Is theid thu sud a mach nan déigh,
 'S bheir thu mar eun iad 'bhar an t-slèibh,
 'S duine cha lamhaich as do dheigh,
 'N tra bheir thu dhachaidh 'm foghar leat.

Fhionnlraig Thàlaich, dhuine shuairc,
 's duilich liom gun deach thu uainn:
 cò theireadh 'm measg an t-sluaigh
 gun robh an uair cho fagas dhuit?

Duine tapaidh, sultmhor, treun
 led chaitheamh-beatha glan 's deagh-bheus,
 's na coimhearsnaich ga chur an cèill
 deagh dhol dhuit fhèin san turas ud.

On turas ud cha phill thu rìs:
 's ann bha i dhuits' na turas sgìth;
 ach ma fhuair thu fear do shith
 chaidh crioch dhuit air an trioblaid.

Iain Mhor'air thairis chaomh,
 's mòr bh' annad fhèin do ghaol,
 's tha fàile cùbhraidh dhe do chliù-s'
 nis air gach taobh air aithris ort.

Chaidh thu mach le neart is slàint'
 'n coinneimh cathan geur a' bhàis,
 gun fhios gus an d' ràinig thu an t-àit'
 's gun do shàth e siud a shaighead ort.

Ciamar thigeadh dhuinn gach uair
 bhith 'g iarraidh 'n ullachaidh o shuas
 's na neart-s' gum faigheadh sinn a' bhuaidh,
 's gun fhios cia 'n uair an tachair e.

19

Fhionnlaidh Thalaich, dhuine shuairc!
 'S duilich leam gu'n deach thu uainn:
 Co theireadh 'measg an t-sluaigh,
 Gun robh an uair cho fagus dhuit!

20

Duine tapaidh, sultmhor, tréun;
 Le d' chaithe-beatha glan 's deadh bhéus;
 'S na coimhearsnaich ga chuir an cèil,
 Deigh dhol dhuit fein san turas ud.

21

O'n turas ud cha phill thu rìs,
 'S ann bha i dhuits' na turas sgì;
 'S ach ma fhuair thu fear do shith,
 Chaidh crioch dhuit air an trioblaid.

22

Iain Mhorair, thairis, chaomh!
 'S mor bh' annad fein do ghaol,
 'S tha fàile cùbhraidh dheth do chlius'
 'Nis air gach taobh air aithris ort,

23

Chaidh thu mach le neart is slaint',
 'N coinnidh cathan geur a bhàis,
 Gun fhios gus an d' rainig thu an t-ait',
 'S gun do shàth e sud a shaighead ort.

24

Cia mar thigeadh dhuinn gach uair
 Bhi 'g iarraidh 'n t-ullachadh o shuas!
 'S na nearts' gum faigheadh sinn a bhuaidh,
 'S gun fhios cia 'n uair an tachair e.

Dhòmhnaill Mhor'air 'n aodainn chiùin,
cò na thus' bu tairis gnùis?
Cha chuir mi 'n cèill ort air do chùl
ach sin 'n do ghnùis a chunnaic mi.

'S bha do cheuma glan da rèir
le beusan grinn, gun idir beud,
's gus an tàinig oidhch' a' bhàis
bha 'n àilleachd ud ri fhaicinn ort.

Iain Tarail, 'n gasan ùr
bha a' fas gu direach suas mar chraobh,
cha d' fhág thu mi-chliù air do chùl
a' dol o uin' gu bith-bhuantachd.

Alaidh Mhorair, 'm meangan òg,
o ghlùin do mhàthar fhèin gu bòrd,
bha thus', mar-aon, gun spot 'n do chòt'
dar chaidh thu leòs' an turas ud.

'S ged nach b' eòl dhomh idir càch
gu cliu thoirt orr' an dèidh am bàis,
's e tha 'n coimhearsnaich uil' ag ràdh,
'Air chàch nach robh air dheireadh iad.'

Cha bhunait slàint' dhaibh siud deagh chliù
le bhith ga aithris air an cùl,
ach b' fheàrr gum bitheadh na h-uile dhiubhs',
dam buin deagh chliù is teisteanas,

25
Dhomhail Mhorair 'n eudain chùin!
Co na thus' bu tairis gnuis?
Cha chuir mi 'ceil ort air do chul
Ach sin 'n do ghnuis a chunnaic mi.

26
'S bha do cheuma glan do reir,
Le beusan grinn, gun idir beud,
'S gus an d' thanaig oidhche' bhais,
Bha 'n àilleachd ud ri fhaicinn ort.

27
Iain Tarail, 'n gasan ùr!
Bha fas gu dìreach suas mar chraobh;
Cha d' fhág thu mi-chliù air do chul,
Aig dol o uin gu bith-bhuantachd.

28
Alidh Mhorair, meangan òg!
O ghlun do mhathair fein gu bòrd,
Bha thus maraon gun spot 'n do chot
Trath chaidh thu leos an turus ud.

29
'S ged nach b' eòl dhomh idir càch,
Gu cliu thoirt orr' an déigh am bais,
Se tha'n coimhersnaich uil' ag radh,
'Air chàch nach robh air dheireadh iad.'

30
Cha bhunait slàint' dhoibh sud deadh chliù,
Le bhi ga aithris air an cùl;
Ach b' fheàrr gum bitheadh na h-uile dhius
Do'm buin deadh chliù is teisteanas.

Ach dòchas ann an Dia nan Gràs
 gun d' fhuair le cuid dhiubh bunait slàint'
 bha seasmhach dhaibhs' aig oidhch' a' bhàis
 's nach d' fhàillnich anns na tuiltibh iad.

'S ged nach b' urrainn dhaibh ump' uil' a ràdh
 gun d' fhuair nan anmaibh fhèin iad gràs,
 chaidh gu lèir iad tron a' bhàs
 o chleachd'a' chàch bha maslach.

Ach Dia, am breitheamh s', b' àm gu leòr
 nuair chaidh 'm fagail siud air bòrd,
 'n ùin' a bha iad fhathast beò,
 an sin bha a thròcair' comasach.

Shaor e an gadaich' air a chrann
 's e air a thàirngneachadh gu teann:
 dar chuir am bàs a shaighead ann
 air ball a fhuair e an turas ud –

Gu dol a-steach don lùchaint shuas
 a mhealainn sìth is sonas buan
 's a chliùth'chadh 'n Tì thug dhàsan buaidh
 is, anns an uair ud, teasairginn.

Is sona dhaibhse aig uair a' bhàis
 dom bu Criod a' bhunait slàint';
 's beannaichte, uime sin, gu bràth
 na gheibh am bàs sa charraig ud.

31	34
Ach dochas ann an Dia nan grás Gun d' fhuair le cuid dhiu bunait slaint', Bha seasmhach dhoibhs' aig oidhch' a bhais, 'S nach d' fhailnich anns na tuiltibh iad.	Shaor e 'n gaduich air a chrann, 'S e air a thairneachadh gu teann, 'N tra chuir am bas a shaighead ann, Air ball do fhuair e 'n turus ud –
32	35
'S ged nach b' urrt' ump' uil' a gh'radh Gun d' fhuair na'n anmaibh fein iad gras; Chaidh gu leir iad troimh na bas, O chleachd'a' chach bha maslach.	Gu dol a steach don luchaint shuas, A mhealainn sith is sonas buan, 'S a chliùth'chadh 'n Tì thug dhasan buaidh, Is anns an uair ud teasairginn.
33	36
Ach Dia, am breitheamhs', b' am gu leòr, 'N uair chaidh 'm fagail sud air bòrd, 'N uin a bha iad fathast beò, An sin bha throcair comasach.	Is sona dhoibhs', aig uair a bhais, Do 'm Criod na bhunait slaint'; 'S beannaicht', uime sin, gu brath, Na gheibh am bas sa charraig ud.

Oir, ciod air bith an uair no an t-àit'
 anns an coinnich riùs' am bàs,
 dar chuireas e a shaighead 'n sàs
 bidh làth'reachd Chriosd dol maille riù.

'S ged fhaod na cathan ud bhith cruidh,
 dar chuid'cheas Gaisgeach Treun nam Buadh,
 bheir E mach dhaibh siud a' bhuaidh
 mar fhuair E fhèin na fhlangas.

'S bheir E dhaibh bhith seinn na buaidh
 'n tir na fireantachd tha shuas
 air clàrsach ghrinn, 's gun bhriseadh teud,
 's gach deur o 'n sùil nì ghlanadh leis.

Iarraibh sibhs', a chlann nan gràs,
 neart chum seinn a chliù gu h-àrd,
 fhad 's tha neart is là is slàint',
 's do chàch gun tabhair eisimpleir.

Chan eagal dhuibhs' oir gheibh sibh 'bhuaidh,
 ged fhaod na cathan ud bhith cruidh,
 air bàs is ifrinn 's air an uaigh
 's an truaillidheachd tha maille ribh.

Cliùthaichibh, uime sin, gu h-àrd
 sna h-aibhntibh teinnteach neart a ghràs!
 Oir ged tha chathair shuas gu h-àrd
 bidh ghàirdean treun toirt cobhair dhuibh.

37

